

H.M. 256.

3210.341



11'

AN

TREAS LEABHAR


AIR SON

NAN SGOILEAN GAE'LACH

A TA

*Air an cumail suas le Comunn Ard-Sheanaidh
Eaglais na h-Alba.*

AN DARA CLODH-BUALADH.



DUNEIDIN:

CLODH-BHUAILTE LE D. R. COLLIE.


1837.

SEOLANNA.

San leabhar so leanaidh am fear-teagaisg na seòlanna a chaidh sgrìobhadh sios aig toiseach an dara leabhair.

'Nuaир thig am foghlumach gu taobh-duilleig (38) cuirear "Leabhar cheisd na mathar" 'na làimh ; agus iunnsaichidh e earrann deth sin gach là, a réir mar a chi am fear-teagaisg iomchuidh a shonrachadh mach dha.

I. M'D.



A' CHEUD EARRANN.

1. Is duine mi-sheadhar e. Mhothaich e a' ghaoth a' séideadh 'na aghaidh. Chaidh e an sàs sa' mhòintich. Bhòidich e gu'n coimhlionadh e a ghealla. Ghlidich na daoine a' chraobh. Bha an sluagh ioganach. Chronuich sinn an t-òganach air son a dhroch sheòlanna. Bha tonnan na fairge air an iom-luasgadh leis a' ghaoith. Dh'fhàs na saighdearan lag-chridheach 'nuair chunnaic iad an naimhdean. Cha'n 'eil an duine iùlmhor no tapaidh. An do chuir iad as a leth gu'n robh leannan-sìth aice?

2. Chunnaic mi coileach-dubh agus liath-chearc. Liomhaidh e a chlaidheamh an aghaidh a naimhdean. Bha a theangadh liodach. Am fac thu lùchairt an righ? Dh'éirich e aig camhanaich an là. Na dean màirneal, air eagal gu'n caill thu an cothrom a fhuair thu. Tha maoth-bhlàth a' còmhdachadh nan craobhan. Phrab thu an snàth. Rinn an neach ud reubainn air a choimhearsnach. Chuir iad freic-

eadan sa' chaisteil. Seachainn coluadar na cloinne a ta frionasach. Tha am fochann bòidheach. Am bheil na fiodhagan abuich? Cò e am fleasgach uaibhreach so? Rinn mo mhaighstir foireigin orm. Leugh mi an leabhar.

3. Chaidh e calg-dhìreach an aghaidh a leas. Chaochail e aig meadhon-là. An do ghabh thu an t-aisig aig caolas na mara? Fhuair e caismeachd. Rinn na burruis mòran cron. Bha a folt caisreagach. Dh'fhalbh iad leis a' bhàt-iasgaich. Théid iad imrich aig là Bealtuinn. Bha e ro bheulachair, agus shoirbhich leis. Bi bàigheil ri d' ainmhidh. Chuir e suas athchuinge r'a Chruithear. Thàinig an t-àrd-easpuig do'n dùthaich. Na bris am ballan-seilcheig so. Chuir iad teine ris an t-samhnaig. Bhleith iad an t-eorna. Tha sian sa' mhonadh. Cha léir dhoibh an leas. Is mithich dhomh nis bhi falbh.—A. *Taobh-duilleig* 15.

4. Ciod e fàth do chabhaig? Is ciatach an aimsir fhogharaidh sin. Am bheil thu cluinn-tinn a bheag do naigheachd ùr mu thimchioll na rioghachd? Tha an duine sulchair agus cairdeil. Thionail mi subh-craobh, subh-làir, agus subh-talmhainn. Thuit e ann an suain-ghalar. Bha a' chòmhdhail sodanach. Dh'éirich an smeòrach gu h-àrd air iteig. Chòmhdaich slaman-ceathaich sinn. Cha robh do shaothair an nasguidh. Mharbh iad muc-mhara. Fhuair e mi-chliu dha féin.

5. Chaill mi mo mheoghair, agus mo chuimhne. Am bheil am fear so 'na dhuine macanta? Nach leòmach a' chailin ud. Thig am misgeir agus an duine geòcach gu bochd-ainn. Tha an crodh a' geumnaich. Rinn na feallsanaich gèasadaireachd. Labhair e ann an cosamhlachd. Cia àluinn do bhùthan, O Iacoib. Is mòr am briseadh-cridhe a fhuair e. Chaidh na tobhlairean an tòir air a' mhadadh ruadh. Phlaoisg e a' pheasair. Dhearmad e a dhleas-danas. Dh'éirich a' ghrian an àird.

6. Taoisinn a' mhìn. Tha an duine làidir rudanach. Ionnlaid thu féin ann an uisge. An aon ma dheireadh do dhithis. Ghlac e an dearc-luachrach. Thug an léigh leis a chungaideh leighis. Lion an gunna. Tha fhios agam gu bheil am fear ud connsachail. Criosaich do leasraidh. Sealladh gruamach àrd. Faillein na cluaise. Bha e ro-bhreàidhneach. Thàinig calldach mòr air. Tha am fear ud air a chuthach. Beairt figheadair. Rinn iad eudach lìn agus ollaidh. Nach beag-nàrach an creutair e? Bu fhlathail i 'na coiseachd. Rinn an t-òr-cheard iodhol deth.—B. *Taobh-duilleig*
16.

7. Rinn e eadar-ghuidhe air son an t-sluaigh. 'Se Criod fear-saoraidh an t-saoghail. Tha mac an duine air a naomhachadh le spiorad an Tighearna. Is còir do gach neach bhi cuimh-neachail air a chrìch dheireannaich. Thoir ùmhachd do àitheantaibh Dhé. Tha gnothuch

sonruichte agam riut. Is e dleasdanas gach neach earbsadh á freasdal an Tighearna. Bheir leughadh nan sgrioptuirean eòlas agus toil-inntinn seachad. Thug iad éisdeachd do na nithibh a labhair e riu. Bithidh an duine diadhaidh agus glic a ghnàth a' gluasad ann an eagal an Tighearna.

8. Cha mhol mi thu, oir cha'n 'eil thu airidh air moladh. Bha toil aig a chairdean a chuimhneachadh. Cuimhnich do Chruithear ann an làithibh t'òige. Tha inntinn an duine an còmhnuidh ag iarraidh an déigh sonais. 'Se na sgrioptuirean an t-aon riaghaitt creidimh agus umhlachd. Dh'orduich Dia an seann tiomnad agus an tiomnad nuadh gu bhi 'nan riaghaitt-stiùraidh dhuinn san t-saoghal so. Se ar Cruithear ùghdar gach ni tha maith agus ionmholta. Tha briathra fallain am beul an duine thuigsich. Chaidh am Biobul a dheach-dadh le spiorad an Uile-chuinbachdaich.

9. Tha Dia neò-fhaicsinneach 'na bhith, agus uile-ghlic, agus uile-léirsinneach. Is mòr an dealachadh a ta eadar an duine nadurra, agus an duine iompaichte. Thig crioch air gach ni a ta fo'n ghréin, agus aig deireadh an t-saoghail leaghar na dùile le dian-theas. Tha Dia glòrmhor 'na uile bhuaidhibh. Cha'n ionnán nàdur do'n dà dhuine. Rinn Dia an duine air an t-seathamh là, agus air an t-seachd-amh là ghabh e fois o uil' oibrribh a rinn e.— Dlùth-leanaidh doruinn agus truaighe air lorg

a' pheacaidh. Rinn e cùmhnant ris a thaobh na seirbhis. Thuit ar ceud sinnseara o'n staid àluinn san do chruthaicheadh iad.—C. T.d. 18.

10. Cha tig crioch air siorruidheachd. Ghoir Dia cùmhnant nan gniomh do'n cheud choimhcheangal a rinn e ris an duine. Tha bàs aim-sireil, spioradail, agus siorruidh air a thasgaidh fa chomhair nan daoine mi-dhiadhaidh. Chaidh briseadh an lagha a bhagradh le peanas cruaidh. Bithidh an creideach air a shabhaladh tre fhìreantachd an t-Slànuighir. Tha do bhràthair ro fhoighidneach fo a thrioblaid iarganaich. Is muladach an ni a thachair do'n duine so. Cuiridh àm dealachadh eadar an t-anam agus an corp. Thoirmisg e dhomh olc a dheanamh. Bha an t-òganach fo eagal ciod a thachaireadh dha.

11. Ann am meadhon gàraidh Edein shuidhich Dia craobh an eòlais a' mhaith agus an uilc. Is gràineil an ni eas-umhlachd do phàrantaibh. Thug am breitheamh binn a mach 'na aghaidh. Tha peanas siorruidh air ordughadh fa chomhair an t-sluagh neo-aithreachail. Cha'n 'eil co-chomunn eadar solus agus dorchadas. Rinn an righ ìomhaigh òir. Ciad a ta thu a' ciallachadh leis an t-samhladh sin? Bha nàdur an duine fior-ghlan. Chaidh cruthachadh an t-saoghal a choimhlionadh ann an sè làithibh. Bheir do choluadaр sòlas domh. Na toir caidreamh do mhi-ruin. Ni beannachd Dhé duine beartach.

12. Dh'iomchair e eallach throm. Bha ar nàdur air a shalachadh agus air a thruaileadh le sal a' pheacaidh. Mhothaich e gu goirt gu'n robh a chridhe do-lubadh a dh'ionnsuidh an ni a ta maith. Cuir cùl ris gach droch-bheart; lean eisempleir nan daoine glice, agus thig thu gu h-urram. Tha sinn so-aomadh chum an uilc. Cha'n 'eil ach beag toil-inntinn sa' bheatha so. Bha an t-òganach fo amharus mu thimchioll nan nithe a chual e. Tha trioblaidean agus àmhghairean 'gar cuairteachadh air gach taobh. Bha gorta, agus cogadh agus plàigh, air feadh na rioghachd. Thig an duine aingidh gu bochdainn.—D. T.d. 19.

13. Tha plàighean agus galairean spioradail an anama, ni's miosa na plàighean agus galairean a' chuirp. Ni doille inntinn, agus cruas cridhe, agus laigse cuimhne an duine a thoirt air seacharan. Theasairg e a namhaid agus bha e ro-thruacant ris. Gheall Dia sochairean mòr agus prìseil dhoibhsan a ghluaiseas a réir a lagha. 'Se Criod an t-aon eadar-mheadhonair eadar Dia agus duine. Esan a ni gu h-amaideach gabhaidh e aithreachas. Chaidh e an urras air a choimhearsnach. Tha an duine so bunailteach 'na ghnothuch féin. Thig an duine tha treibhdhireach 'na chridhe gu urram agus cliu. Eadhon 'na theanntachd bithidh aobhar misnich aig an flìrean. Thug e fuasgladh dhomh a'm' fheum.

14. Rinn esan cabhair orm 'nuair a thréig gach aon eile mi. Diolar an aingidheachd air ceann nan aingidh. Esan tha toil-each air maith a dheanamh, bheir Dia comas agus cothrom dha. Cha'n 'eil neach air bith comasach air fearg neo-chriochnach iomchar. Tha tri pearsa san trionaid ghlòrmhoir. Dh-fhàs a shliochd bochd. Mairidh Dia o bhith-bhuantachd gu bith-bhuantachd. Ann an iom-laineachd na h-aimsir thàinig ar Slànuighear chum an t-saoghail, agus ghabh e ar nadurne d'a ionnsuidh féin. Tha òr ro-phriseil agus luachmhor. Feumaidh gach neach bhi air ath-ghineamhuinn mu'm bi e air a shaoradh o thruaillidheachd a nàduir.

15. Ciod e uchd-mhacachd? Cha bhudh-aich e air a' bhàs. Buinidh do charaid do theaghlaich mheasail. Bha a' bhean a phòs e beag-inbheach. Cha ni coitchionn an ni so. Lion a' phrasaich le connlaich. Am bheil duine ann is urrainn a ràdh "tha mi neo-lochdach?" —Bha doilgheas air do bhrìgh gu'n do chaill e a' chùis. Chuir e fallus deth leis a' chabhaig a rinn e. Tha e mar fhiachaibh oirnn comh-fhulangas a bhi againn r'a chéile. Ni pobull aoradh dha, agus bheir slòigh urram dha. Dh'ung iad an righ le h-oladh phriseil. Bha e 'na sheirbhiseach dìleas agus tairis. Tha an geamhradh ro fhuar, agus an sneachd ro-dhomhain. Bhail a' ghaoth thuath ro dheas air.—E. T.d. 20.

16. Leighis an léigh creuchdan an duine euslaint. Thug an sagart seachad iobairt-loisgte. Chaidh a chrochadh suas ris a' chrann-cheusaidh. Saoraidh Criosd sinn o dhaorsa, agus riaghlaidh e sinn le a lagh. Dh' fhuiling an neach ud cràdh ro-gheur. Bha bàs a' chroinn-cheusaidh air a mheas 'na bhàs malluichte, maslach, agus dòruinneach. Tha ifrinn agus léir-sgrios air an ulluchadh fa chomhair nan daoine aingidh. Chaidh an t-adhlac seachad, agus bha mòran a' siubhal leis. Rinn e an uaigh farsuing agus domhain. Dh' atharraich e a bhùth as an àite san do shuidhich e an toiseach e. Tha an diabhul, an saoghal, agus an fheoil 'nan naimhdibh do mhac an duine.

17. Ciod a thachair dhuit 'nuair a phill thu air t'ais le leithid do chabhaig? Thaisbein Criosd a chumhachd do'n t-saoghal,—dhaing-nich e a dheisciobuil sa' chreidimh,—agus tha e nis air àrdachadh sna nèamhaibh, a' deanamh eadar-ghuidhe air son a shluaign. Cheannsaich e a namhaid leis a' chlaidh-eamh. Thug do bhràthair seachad airgiod an coingheall. Cha'n aithne do neach c'uin a thig a là deireannach. Deanamaid faire gach là, agus bitheamaid a ghnàth air ar faicill. Bheirear buille dha. Dùisgear na mairbh le fuaim na trompaid deireannaich. Sealbhaich-idh na naoimh rioghachd nèimh. Ciod tha e a' ciallachadh leis na briathraibh so?

18. Tha trioblaid a' feitheamh air gach

neach. Dhluthaich e gu teann ris, agus ghabh e greim dheth. Cha'n 'eil éifeachd air bith ann an creidimh, no ann an aidmheil as eugmhais oibre. 'Se am peacadh màthair-aobhair gach truaigh tha teachd an crannchur an duine. Chaochail an duine aig ceithir uairean ' an déigh mheadhon-là. Tha meadhona ri bhi air an gnàthachadh anns gach ni. Bha geurmhothachadh aig an òganach do chunnart a staid. Bi bunailteach timchioll do ghnothuich, agus cuir an gniomh gach dleasdanas tha mar fhiachaibh ort. Chaidh na h-àitheantan a sgrìobhadh.—F. T.d. 21.

19. Chaidh iodhol-aoradh a thoirmeasg do na h-Iudhaich, agus do na cinnich. Tha sannt agus gadachd 'nan nithibh gràineil. Choimhlion mi gach ni a dh'iarr thu orm. Ciod am barrantas a ta agad gu so a dheanamh. Chuir e suas comhara so-fhäicsinneach. Tha dà shacramaint ann, agus theirear riu Baiste agus Suipeir an Tighearna. Cò e àrd-cheannard na h-armait? Tha aidmheil, iarrtus, agus buidheachas air an gabhail a steach ann an urnuigh. Tha tràcair an Tighearn nuadh dhuinn gach maduinn, agus tha a fhreasdal cairdeil 'gar cumail suas. Leugh mi comhdhùnadh an leabhair. Tha am Biobul 'na riaghailt-stiùraidh dhuinn.

20. Bha e ro dhùrachdach agus ro dhichiolach 'na athchuinge. Am bheil thu toileach mo chuideachadh leis an obair so?

Cha'n 'eil buannachd air bith r'a fhaghail o sheòlannaibh seachranach. Còr is a shamhluichear an ginealach so? Bha na cìs-mhaoir air bheag meas am measg nan Iudhach. Rinneadh geur-leanmhuinn air an Eaglais. Claoidhear na h-aingidh le teine agus pronnusc gu siorruidh. Tha e gabhail mòr-thlachd d'a leabhar. Rinneadh bean Lot 'na carraigh salainn.

21. Thàinig deuchainnean trom air, gidheadh cha do leag e sios a mhisneach. Thug e rabhadh dha mu thimchioll a dheanadais. Bhathadh na h-Eiphitich sa' mhuir ruaidh. Rinn an sluagh ceannairc an aghaidh an righ. Chaidh an sagart do'n teampull, agus thug e seachad iobairt air son an t-sluagh. Dh'aicheadh Peadar a mhaighstir. B'ion-mhuinn leo a chéile. Cheannaich e na daimh aig toiseach an earraich, agus reic e iad aig deireadh an fhogharaidh. Shabhadh am fiadh sa' choille. Tha an duine diomhanach an cunnart bhi air a bhuaireadh. Maille ri Dia tha cumhachd agus tròcair. Rinn e searmoin a thaitinn ris an t-sluagh. Cha dean e foirneart air duine bochd, agus air coigrich. Bha an t-òganach foghainteach, ach tha e nis an galar a' bhàis.—G. T.d. 23.

22. Gràdhaich do choimhairsnach mar thu féin. Neartaichidh dòchas cridhe an duine. An dean thu malairt rium? Tha an tarbh naimhdeil. Dh'éirich an amhainn

leis an uisge. Bhris an leòmhan a mach, agus rinn e diùbhail mhòr am measg na spréidhe. Bha crith-thalmhainn mhòr ann. Na cùl-chàin neach air bith. Chuir i gnùis-bhrat air a h-aghaidh. Eadar-mhìnich dhomh na nithe a labhair e. Tha ionad-còmhnuidh aig an iolar ann an sgeiribh nan creag. Bha an sluagh rag-mhuinealach. Rinn a naimhdean feall-fholach air a shon, ach fhuair e fios roimh-làimh air, agus chaidh e as.

23. Bha an neach ris an do labhair thu ro dhìchiollach. Dh'ëirich na h-eoin aig teachd na h-ùr-mhaidne. Tha an eallach a chuir thu orm so-iomchar. Am bheil cùis-chasaid agad 'na aghaidh? Rinn mi geur-fhiosrach mu thimchioll nan nithe a dh' earb thusa rium. Bha an sluagh rag-mhuinealach, agus ceann-airceach. Chùl-sleamhnuich iad o'n t-slighe cheart. Ged pheacaich e cha do ghabh e aithreachas. Bha thu mairnealach mu do ghnothuch. Chaidh na losgainn suas air aghaidh na tire. Shiubhail e gu àitibh iomallach na talmhainn. Bhruadair e bruadar, agus chunnaic e aisling. Chaidh an sealgair do'n bheinn, agus mharbh e fiadh. Sàth am bacan san talamh. (H.) *T.d. 26.*

24. Thug e cuireadh dhomh a dh' ionnsuidh na bainnse. B'fhearr leis achmhasan a thoirt da, na a bhualadh le slait. Chuala mi am ministeir a' toirt seachad earailean taitneach. Bhuail am meirleach am fear-siubhail, agus

thug e airgiod uaith.—Cha b'urrainn do'n chapitein an loingeas a stiùradh. Seachainn coluadar an òganaich sin. Cha chòir dhuit bhi neo-thoilichte le do chrannchur. Ghiulain se e féin gu mi-chiatach. Chaidh e suas ris an aonach. Tha am monadh còmhdaichte le sneachda, agus tha mòran do na caoraich air chall.

23. Is fearr deadh ainm na mòran beartais. Daingnich do ghealladh. Shanntaich e cuid a choimhearsnaich. Ulluichibh sibh féin fa chomhair gach tuiteamais a thig 'nur crannchur. Tha a' mhaduinn soilleir agus blàth. An do dhiol thu na fiachan a bha a'd' dhéigh? Chrom se e féin gu ruig an lär. Blais am biadh a dheasaich mi air do shon. Tha e a' sealltuinn air son an ni a chaill e. Dh'iomain e an treud do'n mhonadh. Chaidh na buachailean air seacharan sa' cheò. Dh' altaich iad beatha a chéile. Rinneadh ball-magaidh dheth. Thug e leis an sluagh am braighdeanas. Cruinnich am biadh briste. Comhairlich do charaid. (I.) *T.d. 28.*

24. Cuairtichidh iad muir agus tìr chum aon duine a dheanamh d'an creidimh féin. Eiridh a' chorra-ghlas gu h-àrd air a sgiathraig. Dh'imich e do'n mhachair ann am fionnuaireachd an là. Ionaltair an treud air an raon. Tha am fear so àrd-inntinneach. Thug am madadh-alluidh uan as an treud. Tha an t-anam neo-bhàsmhor. Bi ro-bhaigheil ris an òganach. Sgeadaich se e féin le trusgan riomhach.

Bha an saighdear dileas d'a righ. Dallaidh tiodhlac sùilean an duine ghlic. Bha e tul-chuiseach 'na ghniomh. Thug a namhaid toibheum dha. Is tamailteach an gnothuch so. Tha e tiom-chridheach. Eiridh mi mu chamhanaich an là, agus théid mi mach gu beachd-smuaineachadh san fhaiche.—(K.) *T.d.* 29.

(A.) MU UMHLACHD DO PHARANTAIBH.

A mhic mo ghaoil, thoir urram do t'athair a ghin thu ; agus thoir ùmhlaichd do d' mhà-thair a rug thu. O bheathaichibh na machar-ach foghlum gliocas ; o eunlaith nan speur faigh tuigse. Rach do'n fhàsach, agus thoir fa'near a' chorra-bhàn. Labhradh i ri do chridhe, agus dùisgeadh i teas-ghràdh a'd' chom. Giulainidh i a pàrant aosmhor gu caomh air a sgiathraigibh ; cuiridh i ann an àite tàimh agus fois e,—gleidhidh i e gu tèaruinte, —agus solaraidh i lòn lathail air a shon.

Is taitneach, òganaich mo rèuin, seadh is ro-thlachdmhor ùmhlaichd, agus irioslachd, agus teas-ghràdh na h-òige. Tha urram dligheach do'n aosda, agus tha umhlaichd do phàrantaibh ni's cùbhraidh na tùis dheadh fhàile. Bi thu-sa taingeil do t'athair, oir is e a sholair air do shon 'nuair a bha thu maoth agus eu-com-asach air thu féin eiridinn : bi taingeil do d' mhàthair, oir is ise a chum suas agus a dh' al-

trum thu 'nuair nach robh mothachadh agad do'n ghràdh agus do'n churam a fhreasdail do d'uireasbhuidh. Eisd riu araon, oir labhraidh iad chum do leas: thoir aire do'n comhairle, oir tha i sruthadh o ghràdh. Gu ruige so rinn iad faire thairis ort, agus shàruich siad iad féin gu minic chum gu'm biodh pailteas, agus fois, agus sìth agad-sa.

'Nan sean aois, uime sin, bi thusa a'd' chultaice dhoibh. Na lot an cridhe le d'eas-umhlachd; na tréig iad 'nuair a ni trioblaid agus doilgheas greim orra, agus na dean tàir air an anmhuinneachd 'nuair a bhios an ceann liath, agus an cos air bruaich na h-uaighe. Bi caoimhneil riu, agus cum suas iad 'nuair tha iad a' tuiteam sios fo chudthrom bhliadhñacha: 'Thoir sòlas d'an cridhe 'nuair tha e air a chràdh le péin; dean an slighe réidh dhoibh chum na h-uaighe le bhi frithealadh d'an uireasbhuidh, agus an sin leanaidh maitheas agus tràcair thu sa' bheatha so,—cuairtichidh beannachdan do phàrantan do cheann, agus bithidh "do làithean buan air an fhearann a thug an Tighearna do Dhia dhuit."

**(B.) THA MOR BHUANNACHD AG EIRIGH O
UMHLACHD DO THOIL DHE.**

Chronuich duine diadhaidh àraidh seana bhantrach a bha cumail bùth marsandachd, do bhrìgh gu'n robh i a' reiceadh air là na Sàbaid. Bha aobhar aig a smuaingeachadh gu'n robh

suim aice do'n là naomh sin, agus gu'n robh eagal an Tighearn a' gabhail còmhnuidh 'na cridhe, ged bha i ciontach sa' pheacadh so. Dh'aidich i féin da, 'nuair a thagair e rithe, gu'n robh a giulan ro-chronail, agus gu'n robh a cogais 'ga càsaid air a shon; ach thubhairt i ris gu'n robh i bochd agus aosda, agus nach robh dòigh air bith aice air i féin a chumail beò as eugmhais a bùtha. A bhàrr air sin, dh'innis i dha gu'n robh i a' reiceadh tuille air là na Sàbaid, na bha i a' reiceadh rè nan sè làithean eile, agus nan dùnadh i a bùth air an là sin nach b'urrainn di i féin a chumail suas.

Ach thubhairt esan rithe nach robh buannachd air bith ann an giulan, peacach, no calldach air bith ag éiridh o ùmhlachd do lagh Dhé. Dh' innis e dhi gu'm bu chòir do gach neach earbsadh á freasdal an Tighearna. Ach an àite sin a dheanamh, gu'n robh ise, le bhi reiceadh air là na Sàbaid, a' toirt a cùis á làimh an Tighearna, agus ag earbsadh 'na gliocas agus 'na seòltachd féin; agus air an aobhar sin nach robh e 'na chùis iongantais ged bha i bochd agus uireasbhuidheach.

Dh'aidich a' bhantrach ceartas nan nithe so, agus o sin suas dhùin i a bùth air là na Sàbaid. Beagan an déigh sin thachair an duine diadhaidh so air a' bhantraich cheudna, agus dh'fheoraich e dhith an d'fhàs i bochd o na leig i dhith bhi reiceadh air là na Sàbaid. "Cha d'fhàs," thubhairt i, "oir shoirbhich Dia

leam gu mòr o na chuir mi cùl ri m'aingidh-eachd, agus tha mi nis a' mothachadh o'm fhiosrachadh féin, Nach 'eil calldach air bith ag éirigh o umhlachd do thoil an Tighearna.

(C.) MUN BHAS.

Tha e air aithris mu thimchioll Philip righ Mhacedonia gu'n do thuarasdalaich e neach gu teachd gach maduinn a dh'ionnsuidh a sheòm-air, agus gu éigheach a mach 'na èisdeachd, "Cuimhnich gu'm faigh thu bàs." Tha e mar fhiachaibh air gach neach an cleachda so a ghnàthachadh d'a thaobh féin, le bhi cumail a chàirbh dheireannaich an còmhnuidh 'na chuimhne, agus le bhi ga ghiulan féin gach là mar gu'm b'e sin an là mu dheireadh d'a bheatha air thalamh. Cha bhi esan 'na thràill do'n t-saoghal so a chuimhnicheas an còmhnuidh gu bheil e bàsmhor, agus cha suidhich esan 'aigne air nithibh truaillidh talmhaidh a tha an còmhnuidh a' socrachadh a shùilean air talla dorch na h-uaighe.

Is tearc agus olc làithean beatha an duine. Cha'n urrainn da a ràdh gu'm faic e a' ghrian a ta soillseachadh an t-slighe dha an diugh ag éirigh am màireach, no gu'n dean a chridhe a ta aoibhneach air an uair gairdeachas tuille an déigh so. Cha'n 'eil am bàs an còmhnuidh a' toirt rabhaidh seachad roimh-làimh. Air uair-ibh tha e teachd gu h-obann air cùl an duine, agus 'ga sguabadh á tir nam beò mu'm bheil

comas aig a ràdh, “ An d’ fhuair thu mi, O mo àmhaid.” Agus do bhrìgh nach ’eil àite-còmhnuidh buan againn air thalamh, agus nach ’eil gealladh againn gu’m bi ar beatha air a caomhnadh car aon mhionaid, is còir da so ar brosnachadh gu ulluchadh a dheanamh fa chomhair ar crannchuir shiorruidh, fhad ’sa tha là nan gràs ’nar tairgse. Is còir dhuinn bhi dichiollach ’na thràth, air eagal gu’n abair sinn an déigh so mar a thubhaint neach àraidih air leabaideh a bhàis, “ Am feadh a bha mi beò, dh’ulluich mi air son nan uile nithe, ach air son a’ bhàis a mhàin : A nis is éigin domh bàsachadh, agus, mo thruaighe, tha mi neo-ullamh air a shon.”

(D.) GRADH MACAIL.

Chaidh duine uasal àraidih a chòmhnuich san t-Suain a dhìteadh gu bàs, air son eucoir a rinn e ann an dreuchd àrd agus chudthromach, a lìon e car iomadh bliadhna le mòr-chliu agus creideas da féin. Cha bu luath a chual a mhac, òganach a bha ochd bliadhna deug a dh’aois, ciod a thachair, na ruith e dh’ionnsuidh a’ bhreitheimh, agus air dha e féin a thilgeadh aig a chosaibh, ghuidh e air gu’n leigeadh e leis bàsachadh an àit ’athar.

Chual am Breitheamh na briathra so le mòr-iongantas. Car tamuill bhig cha b’urrainn da a chreidsinn gu’n robh an t-òganach treibhdhireach san ni a dh’iarr e ; ach mu

dheireadh air dha fhaicinn gu soilleir gu'n robh e toileach air beatha 'athar a theasairginn le a bheatha féin iobradh do lagh na rioghachd, sgriobh e dh'ionnsuidh an righ, agus thug e mìn-chunntas da mu thimchioll nan nithe so uile. Air do'n righ litir a' Bhreith-eimh a leughadh, agus a' chùis a rannsachadh, cuir e teachdair uaith le saor-mhaith-eanas a dh'ionnsuidh an athar, agus le ordugh am mac àrdachadh gu inbhe mhòr agus urramach.

(E.) MEALLTAIREACHD NA H-OIGE.

Cha chreid an òige nach 'eil sonas ri mhealtuinn san t-saoghal so, agus uime sin iarraidh iad cuibhrionn, agus sòlas, agus toil-inntinn doibh féin am measg nan nithe sin nach mair ach sealan, agus nach sàsuich miann a' chridhe 'nuair a mhaireas iad. Cha chreid iad gu bheil an duine air a bhreth gu bròn, agus gu bheil an saoghal so 'na chuain thrioblaidean far am bheil aon tonn ag éirigh air lorg tuinn eile, agus far am bheil àmhghar agus cràdh an tòir air cloinn nan daoine. Cha'n 'eil staid neach air bith an taobh thall do thrioblaid. Tha an ceann air am bheil an crùn rioghail a' dealradh air a chuairsteachadh le curam. Tha urram, iomadh uaire, a' fosgladh an rathaid chum làire agus maslaidh: Agus tha saoibhreas gu minic air a ghleidheadh do dhaoine chum an aimhleis agus an léir-sgrios.

Cha'n 'eil an ròs is maisiche gun bhioran g'a chuirteachadh, agus gheibhear air uairibh na trioblaidean is truime an cois an t-soirbheis a's mò san t-saoghal so. Uime sin is còir do na trioblaidibh, agus do'n bhròn tha dlùth-leantuinn an duine air thalamh iarrtus agus togradh a chridhe a thogail a dh'ionnsuidh an ionaid sin, far nach cluinnear caoidh no gearan gu siorruidh; agus do bhrìgh nach sàsuich an saoghal diomhain so miann a chridhe, 'se a dhleasdanas co-chomunn ri Dia a mhiannachadh; oir 'na dheadh-ghean-san tha beatha, agus mairidh a thròcair gu siorruidh.

(F.) AM MADADH-ALLUIDH.

Buinidh am madadh-alluidh do'n aon seòrsa no gnè ainmhidh ris na coin; ach tha e am bitheanta a' fàs ni's mò, ni's gairge, agus ni's cruadalaiche na iadsan. Cha'n 'eil e na ro-shaighdear 'nuair tha pailteas aig g'a bheathachadh; ach an uair a bheanas gorta ris, fàsaidh e fiadhaich agus garg, agus bheir e ionnsuidh cha'n e mhàin air beathaichibh na macharach, ach mar an ceudna air cloinn òg, agus air uairibh air sluagh mòr. Far am bheil na maduidh-alluidh ro-lionmhòr cruinnichidh treud mhòr dhiubh cuideachd, agus théid iad an tòir air féidh agus air sithionn, ag ullurtaich gu h-àrd gus an glac iad a' chobhartach. Tha e aithnichte gu'n sàsuich am madadh-alluidh a chiocras air cuirp dhaoine marbha a thogas e

as an uaighibh 'nuair a bhios a' chobhartach gann; agus mar an ceudna nach 'eil cairbh air bith cho gràineil is nach gabh e lòn dith. Mairidh e beò gus am bi e còrr is fichead bliadhna.

Gheibhear am madadh-alluidh ach beag anns gach earrann do'n t-saoghal. Bha mòran diubh ann an Albainn roimhe so, ach chaidh duais a ghealltainn do gach neach a chuireadh as doibh, agus air an dòigh so chlaoiðheadh iad gu mòr. A thuille air sin chaidh a' choillteach far an robh iad a' tàmh a ghearradh sìos a lion beagan agus beagan; chaidh an t-ionad-fasgaidh a bha 'gan dionadh o innleachd an t-sealgair a sguabadh air falbh; agus do bhrìgh gu'n robh iad ro-dhiubhaileach do mheanbh-sprèidh, agus ro-chunnartach do'n t-sluagh; agus do bhrìgh gu'n robh duais air orduchadh fa chomhair gach neach a mharbhadh aon diubh, chaidh an ruagadh o àite gu h-àite, gus nach d'fhàgadh fiu a h-aon diubh ma dheireadh san Eilean so.

Anns na sgriobtuiribh gheibhear iomradh gu minic air a' mhàdadadh-alluidh. Tha sluagh a ta garg agus fuileachdach 'nan nadur, agus a ta làidir agus treun ann an cogadh, air an coimeas ris. 'Nuair a bheannaich Iacob a mhic, thubhairt e mu thimchioll an fhir a b'òige dhiubh, "Ni Beniamin fiadhach mar mhàdadadh-alluidh; Sa' mhàduinn ithidh e a' chobhartach, agus san fheasgar roinnidh e a' chreach."

Tha so a' ciallachadh gu'm biodh Benjamin garg an cath, agus gu'n tugadh e buaidh air a naimhdean. 'Nuair a dh'orduich ar Slànuighear d'a dheisciobluibh dol agus an soisgeul a shear-monachadh, thubhairt e riu, "Imichibh; feuch a ta mi 'gur cur a mach mar uain am measg mhadadh-alluidh; a' nochdadh dhoibh gu soilleir gu'm biodh iad air an cuairteachadh le droch shluagh, a rachadh an tòir air am beatha, agus a dh'iarradh an sgrios bhàrr aghaidh na talmhainn. Ann am fàidheadaireachd Isaiah tha an comhara so air a thoirt seachad air amannaibh siochal an t-soisgeil, "An sin gabhaidh am madadh-alluidh còmhnuidh maille ris an uan, agus luidhidh an liopard sios maille ris a' mheann; agus an spréidh reamhar le chéile; agus ni leanabh òg an stiùradh."

(G.) AN SEANN DUINE AGUS 'ASAL.

'Nuair a bha seann duine agus a mhac a' dol a dh'ionnsuidh féille a reiceadh asail, thachair neach éigin orra air an t-slighe, a thubhairt, "Nach e an t-amadan am fear so a tha toirt air a mhac òg siubhal d'a chois 'nuair tha an asail cho chomasach air a ghiulan? Air do'n t-seann duine na briathra so a chluinntinn, chuir e a mhac air an asail, agus dh'fhalbh e féin gu sunndach suilbhír r'a thaobh. Thubhairt neach eile a thachair orra ris an ògannach, "Am bheil e ceart no dligheach gu'm biodh tusa a' marcachd air an

ainmhidh 'nuair tha t'athair aosda agus truagh a' siubhal d'a chois?" Cha bu luath a chual an seann duine so na thug e air a mhac teachd bhàrr na asail, agus chaith e fèin a mharcachd oirre. "Am bheil sibh faicinn," thubhaint an treas fear, "mar a ta an duine làidir leasg so a' marcachd, 'nuair a ta a mhac òg, sgìth agus crupach, a' siubhal d'a chois!" Cha bu luath a chaith so a labhairt an éisdeachd an t-seann duine na thog e a mhac suas air a chulaobh. "Guidheam ort" thubhaint an ceathramh fear, "am buin an asail so dhuit fèin?" "Buinidh," thubhaint an seann duine. "Cha smuainicheadh neach sin," thubhaint an fear eile ris, "do bhrìgh gu bheil thu 'ga luchdachadh gun iochd; tha thu fèin agus do mhac ni's comasaich air an ainmhidh a ghiulan, na ta an t-ainmhidh air sibhse a ghiulan." "Ni air bith g'ur toileachadh," thubhaint maighstir a' bheathaich; agus air teirneadh da fèin, agus d'a mhac bhàrr na asail, cheangail iad a cosan, agus thug iad oidhearp air a giulain thar an drochaid a bha stiùradh chum a' bhaile.

Chruinnich an sealladh iongantach so mòran sluaigh cuideachd; agus an uair a bha iad a' magadh air an t-seann duine agus air a mhac, agus a' dluthachadh riu le-iolaich mhòir, ghabh an asail eagal,—rinn i strì gu faotainn air falbh,—bhris i an cord a cheangal i, agus 'na cabhaig gu dol as chaith i thar an droch-

aid, agus bhàthadh i. 'Nuair a chunnaic an seann duine ciod a thachair da' asail, phill e dhachaidh air a lionadh le làire agus le bròn. Thug e oidhearp air gach neach a thoileachadh le'm bu mhiann comhairle a thoirt air; ach an àite so a dheanamh, cha do thoilich e aon air bith, agus air a cheann mu dheireadh chaill e 'asal le 'amaideachd.

Tha comhairle caraid ghlic agus dhileis ro luachmhòr; ach an uair a leanas sinn comhairle gach neach leis am miann ar comhairleachadh, tha e ro-chosmhuiil gu'n caill sinn ar n-aimsir agus ar saothair,—gu measar mar amadain sinn,—agus fadheoidh nach dean sinn maith dhuinn féin no do shluagh eile.

(H.) MU THIMCHIOLL A' BHIOBUIL.

Tha am focal *Biobul* a' ciallachadh *Leabhar*; do bhrìgh gur e an t-aon leabhar e is airidh bhi air a leughadh gu dùrachdach, agus air a chreidsinn gu h-iomlan leis gach neach aig am bheil curam d'a anam neo-bhàsmhor. Tha e da rìreadh 'na leabhar prìseil, oir tha e teagasg dhuinn gach ni a ta feumail gu'r deanamh glic san t-saoghal so, agus sona san t-saoghal ri teachd. Tha an sluagh nach cual riamh iomradh air, a dhìth eòlais air an Dia a chruthaich iad,—air a lagh naomh agus fior-ghlan,—air staid thruaigh an duine a thaobh làduir, agus air slàinte tre an Tighearn Iosa Criosc. Agus air dhoibh bhi aineolach air na nithibh sin,

cha'n urrainn doibh Dia a thoileachadh, agus cha'n 'eil e 'n comas doibh dol as o'n pheanas sin tha a cheartas ag iarraidh o gach neach nach' eil air a shaoradh o thruaillidheachd na feòla, agus air a sgeadachadh le fireantachd an t-Slànuighir.

Cia cho taingeil is còir dhuinne a bhi nach d' fhàg Dia sinn ann an aineolas; agus ciod an t-aobhar buidheachais agus molaidh a ta againn g'n d'thug e dhuinn am Biobul anns am bheil e a' foillseachadh dhuinn ciod i a thoil bheannaichte, agus ciod an dòigh air an dionar sinn o fheirg shiorruidh, agus air am faigh sinn sealbh air rioghachd nèimh. Gun teagamh is còir dhuinn bhi ro-aireach mu'n leabhar so os ceann gach leabhair eile, do bhrìgh gu bheil e a' foillseachadh dhuinn focail na beatha mair-eannaich; agus tha e mar fhiachaibh oirnn a nochdadhl le ar creidimh agus le ar giulan gu bheil sinn 'ga mheas mar an ni a's luachmhoire tha sinn a' sealbhachadh san t-saoghal so. Cha'n urrainn e bhi gu bheil sinn deanamh so 'nuair nach 'eil mòr-thlachd againn bhi g'a leughadh gu minic,—'nuair nach 'eil sinn a' creidsinn gach ni tha e foillseachadh dhuinn mu thimchioll ar Slànuighir,—no 'nuair nach 'eil sinn a' gluasad a réir lagh ar Tighearna, agus a' co-chumadh ar beatha r'a thoil naomh agus fhiorghlan.

Ghabh sluagh aosda aithreachas gu minic gu'n do dhichuimhnich iad am Biobul a ranns-

achadh ann an làithibh an òige. Ach cha chuala sinn riamh iomradh air duine a ghabh aithreachas 'nuair a bha e aosmhòr, no 'na luidhe air leabaidh a' bhàis, gu'n do chaith e mòran d'a aimsir a' rannsachadh an leabhair so,—no neach air bith a rinn gearan do bhrìgh gun do thaisg e a bhriathra fallain 'na chridhe, agus gu'n do chuir e an gniomh iad 'na chaithe-beatha.

Is caraid fior agus dìleas am Biobul ann an là ar trioblaid; agus 'nuair a thréigeas gach dòchas saoghalta sinn, agus a bheir doilgheasan na beatha so ar cos gu bruaich na h-uaighe, eadhon an sin bheir e misneach do ar cridhe, agus altrumaidh e dòchas an taobh a steach dhuinn a ghiulaineas sinn an taobh thall do'n uaigh. Bithidh e 'na lòchran do ar cosaibh, agus 'na sholus-iùil do ar ceumannannaibh: soillsichidh e an dorchadas tha cuairteachadh ghlinn sgàile a' bhàis, agus ath-bheathaichidh e ar spiorad le dòchas na beatha maireannaich 'nuair a tha am bàs a' teachd 'nar dàil, agus a' criochnachadh ar beatha sant-saoghal so. O ma ta gu'n deanadh sean agus òg focal an Tighearn 'na riaghait-stiùraidh dhoibh,—gu'm bitheadh iad a' beachd-smuain-eachadh air an còmhnuidh,—gu'n tarruingeadh iad sòlas uaith ann an là an trioblaid, agus gu'm biodh an dòchas ri sonas siorruidh air a shuidheachadh air na geallannaibh prìseil agus tròcaireach tha e cumail mach dhoibh.

(I.) MU BHEACHD-SMUAIN EACHADH.

Moch air maduinn shamhraidh, 'nuair a bha an t-athair fionn-fhuair, an talamh tais, agus aghaidh a' chruthachaidh gu léir ùrar agus sgiamhach, dh'éirich òganach o 'leabaidh, agus chaidh e do'n mhachair a bheachd-smuaineachadh. Is gann a bha an saoghal luaineach air mosgladh ; cha do chrath sgiros deth a throm-chodal, agus bha fear an àrdain agus na h-aimhreit tosdach air a leabaidh. Ghabh sìth agus suaimhneas còmhnuidh air aghaidh na talmhainn, agus bha gach ni fo'n ghréin ag aomadh cridhe an duine gu ciùineas, agus a' brosnuchadh 'inntinn gu smuaintibh diadhaidh agus glic. Thréig an Uiseag a mhàin a nead, agus dh'éirich i gu h-àrd air a sgiathraig, a' failteachadh teachd an ùir-là o'n àird an ear, agus a' deanamh gairdeachas gu suilbhír agus binn do bhrìgh a' mhaitheis a bha air a sgaoileadh mu'n cuairt di. "Eoin is moiche gluasad," thubhairt an t-òganach ; "chompanaich na maidne ! éiream maille riutsa a thoirt buidheachais, agus a dheanamh aoraidh dhasan a tha toirt air dol a mach na maidne agus an fheasgair gairdeachas a dheanamh os mo cheann."

"O cia tlachdmhor bhi dol do'n mhachair aig an uair mhoch so,—bhi sealltuinn air a' mhaitheas a ta air a sgaoileadh air aghaidh na talmhainn, agus le beachd-smuaineachadh air obair a' chruthachaidh, bhi 'g éirigh ann an smuaintibh gu ruig an Dia sin a chruthaich an

talamb agus a làn. An caithe' mise, do'n d'thug Dia gliocas agus tuigse, na h-uairean prìseil so ann an leisg, 'nuair tha a' ghrian an àird, agus a' dol air gnothuch a' Cruithfhir,—'nuair tha eunlaith an athair a' laoidh-mholadh Dhé agus ag aoradh dha le co-sheirm chiùil,—an uair tha an talamb agus an fhairge ri gairdeachas, agus uile chranna na coille ri luathghàire. O na biodh e mar so: na biodh an creutair a fhuair tuille eòlais na ainmhidhean na macharach, agus tuille tuigse na eunlaith an athair, a' diultadh guth-aoraidh reusonta a chur ri ceol a' chruthachaidh gu h-iomlan, agus cliu a bhilean, agus gràdh agus ùmhachd a chridhe a thoirt do'n Ti sin a thug gealladh dha air a' bheatha a ta làthair, agus air a' bheatha a ta teachd.

(K.) MU RIAGHLADH NA TEANGAIDH.

Tha mòran sluaigh am barail ged nach fheud iad gach ni is àill leo a dheanamh, gu bheil comas aca gach ni is àill leo a ràdh. Ach is mearachd mòr so; oir cha leinn féin ball air bith a bhuilich Dia oirnn, agus uime sin cha'n fheud sinn a ghnàthachadh a réir ar toil féin. Tha gach ni tha sinn a' sealbhachadh air a dheònachadh dhuinn air son deadh chrìch; agus ma tha sinn 'ga chur gu droch bhuil, tha sinn gu ro-shoilleir a' cur an aghaidh toil an 'Ti sin a chruthaich sinn, agus 'gar fàgail féin buailteach d'a chorruich.

Am measg bhall ar cuirp cha'n 'eil a h-aon is prìseile na'n teangadh, no aon tha creutaire truagha ni's deise air a mhi-ghnàthachadh chum an aimhleis. Feudaidh an teangadh bhi air a stiùradh chum Dia a mholadh no a dhi-mholadh; chum maith no chum olc a dheanamh do'n chinne-daoine, agus chum leas no chum aimhleas do'n neach d'am buin i. Tha Solamh ag innseadh dhuinn gu bheil beatha agus bàs ann an cumhachd na teangaidh; agus tha ar Slànuighear a' teagasg dhuinn "Gu'n toir daoine cunntas ann an là a' bhreitheanais, air son gach focail dhiomhain a labhras iad." Bu chòir d'a so thoirt oirnn faire a chur air ar beul, agus ar fàgail ro churamach mu thim-chioll gach focail tha sinn a' labhairt, cho maith agus mu thimchioll gach gniomh tha sinn a' coimhlionadh.

Tha an t-Abstol Seumas ag ràdh "gur teine an teangadh,—saoghal do aingidheachd ; ionnus gu'n salaich i an corp gu h-iomlan, agus gu'n las i càrsa an nàduir, air dhi féin bhi air a lasadh o ifrinn." An urrainn ni air bith a nochdadhbh dhuinn ni's soilleir na tha na briathra so a' deanamh, meud an uilc a dh' fheudas èirigh o'n teangaidh, agus cia cho mi-riaghailteach 'sa tha i, 'nuair tha sluagh a' toirt srein di. Cha'n 'eil e 'n comas neach air bith an teangadh a cheannsachadh gu h-iomlan ; is olc do-chasgaidh i, làn do nimh marbhtach. Air an aobhar sin is còir dhuinn

aire a thoirt do ar slighe air eagal gu'm peac-aich sinn le ar bilibh, agus a ghnàth bhi cur suas urnuigh an t-Salmadair, "Cuir, a Thigh-earna, faire air mo bheul; agus gléidh dorus mo bhilean."

'S iomadh dòigh air am bheil sluagh a' labhairt gu h-aingidh, agus a' mi-ghnàthachadh an teanganna chum an aimhleis fèin. Tha iad a' deanamh so 'nuair tha iad a' toirt ainm Dhé an diomhanas,—nuair tha iad a' cur ri mionnaibh agus ri breugaibh,—'nuair tha iad a' mallachadh am párantan,—'nuair tha iad a' cul-chàineadh an coimhairsnaich,—agus an uair a ta iad a' toirt toibheim dhoibhsan nach d'rinn cron no eucoir air bith orra. Tha gach aon diubh sin air an toirmeasg le lagh Dhé, agus ged tha cuid diubh ni's gràineil na cuid eile, tha iad uile gràineil an sealladh Dhé; agus air an aobhar sin 'se ar dleasdanas an seachnad le'r n-uile dhìchioll.

200	cc	Dà cheud.
300	ccc	Tri cheud.
400	cccc	Ceithir cheud.
500	d	Cùig ceud.
600	dc	Sè ceud.
700	dcc	Seachd ceud.
800	dccc	Ochd ceud.
900	dcccc	Naoi ceud.
1000	M	Mile.
1500	MD	Cùig ceud deug.

AN DARA EARRANN.

1. CHA mhionnaich sibh air ainm an Tigh-earna gu breugach. Na dean fòirneart no reubainn air do choimhearsnach. Cha mall-uich thu am bodhar, agus roimh an dall cha chuir thu ceap-tuislidh. Am fac thu an seal-gair dol ris a' bheinn? Cha'n 'eil e ceart breitheanas fhiaradh. Na h-iarr a dh'ionnsuidh luchd fiosachd. Thàinig coigreach do'n dùthraig. Chlach iad gu bàs e. Bha gaoid san each, agus uime sin cha cheannaicheadh se e. An deach an saighdear a dh'ionnsuidh a' chaimp? Dhòirt e an oladh-ungaидh air a cheann. Chaidh e d'a àite-còmhnuidh féin.

2. Cuir suas am pàlliun. Chruinnich e steach toradh an fhearan, agus bha tomad mòr dheth. Fuin dà bhreacaig a gheibh an buachaill. Tha am baile air a chuairteachadh le balla mòr agus làidir; cha'n urrainn na naimhdean a ghlacadh. Rinn e tràillean d'a sheirbhisich. Chuir e mach mòran airgid air riadh. Ghnàthaich e uachdaranaichd os ceann

an t-sluaigh le h-ain-iochd. Thug e tuarasdal do'n duine a rinn an obair air a shon. Pheac-aich an sliochd gu ro olc. Tharruing e a chlaidheamh loinreach, agus shath e troimh e. Bi air t'fhaicill an aghaidh cuilbheartan an duine so.

3. Chaidh e an tòir air ann am fraoch feirge. Thug e lom-sgriob air gach ni a shealbhaich e. Bha ioghnadh air do phiuthar a thaobh nan nithe a chaidh labhairt rithe. Choisrig e na sagairt air son seirbhis an Tighearna. Mhalartaich e an t-each donn. Chaidh iad d'a ionnsuidh le duais na drùidheachid 'nan làimh. Mharbh e araon fear agus bean, lean-abh agus ciochran. Cha tuit aon roineag do fholt a chinn gu làr. Rug e air foir 'fhalluinn, agus reub e i. Chuir e clach-chuimhneachain suas. Giùlain na deich mulachagan do'n mhar-gadh.—(A.) *T.d.* 38.

4. Bha iad a' seinn agus a' dannsadhbh. Bi misneachail agus neartaich do chairdean. Nithear balbh na bilean breugach, a labhras le h-uabhar agus tarcuis, an aghaidh an fhìrein. Tha slighe nan aingidh dorch agus sleamhuinn. Esan a chladhaicheas slochd air son an fhìrein, tuitidh e féin ann. Bithidh na h-aingidh mar mholl fa chomhair na gaoithe; 'nan aingidheachd fuadaichear air falbh iad. Campaichidh aingeal an Tighearna mu'n timchioll-san d'an eagal e. Tha a chreuchdan a' lobhadh, agus tha a thin-

neas ro-chràiteach. Rinn e ball-maslaidh d'a choimhearsnach. Seachainn co-luadar nan daoine ain-diadhaidh—gleidh thu féin uapa.

5. Gach ni a roghnaicheas tu, gheibh thu e. Tha uile shaothar an duine air son a bheoil ; gidheadh cha'n 'eil a mhiann sàsuichte. Mar fhuaim droighinnich fo phoit tha gàire an amadain. Ann an là an t-soirbheachaidh bi subhach, ach ann an là an doirbheis smuainich. Is fearr làn duirn le suaimhneas, na an làimh làn le saothair agus buaireadh, spioraid. Cha bhrisear cord thri duail gu h-obann. Ann an iomadalachd bhriathra tha diomhanas. Cha'n ann do na daoinibh luatha tha an réis, no do na daoinibh tuigseach saoibhreas ; ach tacharaidh àm agus tuiteamas dhoibh uile.—(B.) *T.d. 40.*

6. Is fearr madadh beò na leòmhan marbh. Ma bhios an t-iarunn maol, agus nach geur-aichear e, feumaidh an tuille spionnad a chur leis. Tha a' chraobh fo bhlàth, agus aghaidh a' chruthachaidh ùrar agus gorm. Giulain a' chunneag a dh' ionnsuidh an tobair. Chriothnaich luchd-gleidhidh a' bhaile. Le mòran leisge théid an aitreabh sios, agus le diomhanas nan làmh snidhidh an tigh troimhe. Mar chrann ubhal am measg chrann na coille, is amhuil sin duine glic am measg amadana. Chaidh e a shealg air earbaibh agus air eildibh na macharach. Is fearr esan a tha foighidneach 'na spiorad, na esan a ta

àrdanach 'na spiorad. Chaidh dhaoine a bhàthadh san amhainn.

7. Tha thu a' gleachdadhbh ris-san is treise na thu féin. Rinn Dia an duine dìreach; ach dh'iarr e féin iomadh innleachd a mach. Tha a chridhe làn-suidhichte air tìr a dhill-sean. Cuimhnich do Chruithear ann an làithibh tòige. Atharraich doilgheas o d' chridhe agus cuir olc air falbh o d' fheòil; oir is diomhanas leanabachd agus òige. Eadhon ann ad smuaintibh na malluich an righ, agus an taobh a stigh do d' sheòmar na malluich an saoibhir; oir giulainidh eun an athair an guth, agus innsidh an ni air am bheil sgiath-an a' chùis. Ma bhios na neòil làn do uisge, falmhachaidh siad iad féin air an talamh, agus ma thuiteas craobh mu dheas no mu thuath, anns an àit san tuit a' chraobh an sin bithidh i. Cluinneamaid brìgh na chaidh ràdh uile: Biodh eagal Dé ort agus gléidh 'àitheantan; oir is e so dleasdanas iomlan an duine. (C.) T.d. 42.

8. Aig toiseach an fhogharaidh dh'fhàg e sinn. Chruthaicheadh gach ni ann an sè làithibh. Tha'n soitheach gun chumadh. Bha dorcharadas air aghaidh na talmhainn. Ciod an dealachadh tha eatorra? Shiubhail i air uachdar nan uisgeachan. Chruinnichear ri chéile iad. Tha a' ghrian àrd sna speuraibh. Tha an righ a' riaghladh ann an ceartas. Is iomadh creutair gluasadach a ta air thalamh. Chruthaicheadh gach eun iteagach a réir

ghnè. Fhuair e uachdaranachd os an ceann. Tha eunlaith an athair, agus gach ni a shnàigeas air an talamh, fo cheannsal an duine. Chriochnaich e an obair a fhuair e r'a dheanamh. Leum e thar a' ghàraidh. Meudaichidh iad ḫan an doilgheas, a leanas an déigh diomhanais.

9. Bha an coimhthional lionmhor. C'ar son tha thu a' cur eallach cho trom air a' mhuileid. Rinn iad ball-sgeig deth. Ghearr iad sìos crionach na coille. Thoir leat a' chuach bhleodhainn, agus imich gu grad. Is olc an ni cùl-chàineadh. Tha an là doilleir, agus ciùin. An d' thug e dùbhlàn do'n fheachd? Thilg se e am meàsg na h-eantagaich. Bha e eòlach an ealdhainn an léigh. Chaidh an t-eunadar do'n t-sliabh le 'ghunna, agus le 'chù. Mharbh e dà mhaiteach agus tri cearcان-fraoich. Thug na creachadairean air falbh na caoraich. Is deistinneach an duine sud. Am bheil an t-uisge druidhteach? Fhuair mi nead an dreathan-duinn agus deich uibhean innte. (D.) T.d. 44.

10. Is mòr an t-eadar-dhealachadh a ta eadar an dà fhear so. Rinn e cùmhnant ri ar sinn-searaibh. Bha co-chaidreamh agus coluadar sòlasach aca ri chéile. Thoirmisg e an eadar-sgarachduinn. B'e sud a roghainn. Bha e air a shuidheachadh gu daingean. Ciòd an co-chomunn a ta aig solus ri dorchadas. Is mòr na sochairean a fhuair e. Tha a ghinealach

lionmhор agus urramach ag éirigh suas 'na dhéigh. Buinidh ath-ghineamhuin agus uchd-mhacachd do chloinn Dé. Bha slat rioghail aig 'na làimh. Tha 'eudach 'na luid-eagaibh. Am bheil e 'na aithreachan treibhdhireach? Cò ris a shamhlaichear an duine cealgach so? Thug e tiodhlacan seachad. Bi iriosal agus cuimhneachail air a' bhàs. Tha pearsa an duine so àillidh. B'e Adhamh agus Eubha ar ceud sinnseara. An do shabhaladh iad? Dh' fhuiling e mòran àmhghair agus doilgheis.

11.—Tha amhach an leinibh goirt. Cha'n eil e codal gu maith. Ma ghiùlaineas se e fein gu ciatach an déigh so, gheibh e maithneas. Na dean magadh no fanoid air neach a ta ciurramach. Thuit mòran clabhuinn agus sneachd an raoir. Bha a' ghaillionn deistineach. Mhùchadh na caoraich fo'n t-sneachd. Fhuair mòran do na h-òisgean bàs. Chaidh an lasair suas 'na caoiribh dearg. Stiùir iad an loingean do'n chaladh. Bha e caog-shuileach. Chual mi nuallan a' chruidh. Leum a' chearc-thomain bhàrr a nid. Tha do bhràthair ro-chinn-eadail. Chuir a' chlach-bhalg eagal air na h-eich. Dh'innis e dhomh mu thimchioll craobh-thuinnidh nam Fiann. * Rinn e crùban aig ceann an tighe. Thàinig tur-chodal air. Loisg e tùis.—(E.) T.d. 47.

12.—Chuir iad a' chrois-tàraidh troimh an dùthaich. Shniomh i air cuidheall dà làimh.

Ghlac an damhan-alluidh a' chuileag. Dhi'òl iad deoch-slàinte a chéile. Moch an dè bha an dealt fuar agus reòtaidh. Bha iad ro-dheothasach mu thimchioll a chéile. Chaidh am mart an diosgadh. Bha an t-àite dùlaineach. Shnàmh an Eala air an loch. Thuit an eaglais. Croch e air an fhailbheig. Tha am madadh fad-chluasach. An do mharbh thu a bheag do na feannagaibh? Bha mòran tairneanaich agus tein'-athair ann. Chunnaic e tannasg a chuir eagal mòr air. Thochail iad slochd, agus thuit iad féin ann. Bha e trom-inntinneach. Bi glic agus beusach, agus thig thu gu h-urram. Bhuail e an tunnag le cloich. Bhris e uaidnean a' chroinn. Bha an laoch neo-umhailleach, agus mi-chùramach mu thimchioll a' ghnothuich.—(F.) *T.d. 50.*

(A.) MOLADH AN TIGHEARNA.

Cha'n 'eil seirbhis air bith is iomchuidh agus is cubhaidh do chreutair tuisgeach na bhi toirt cliu agus moladh do'n Ti sin a chruthaich e. 'Nuair a bheachdaicheas sinn air maitheas Dhé do ar taobh o thàinig sinn a dh'ionnsuidh an t-saoghail,—'nuair a chuimhnicheas sinn gu'n do shéid e air tùs anail na beatha 'nar pollairibh, agus gu'n d' thug e anam tuigseach agus neò-bhàsmhor dhuinn,—

gu'n do fhreasdail e do ar n-uireasbhuidh mu'n robh eòlas againn air an làimh fhialaidh a bheathaich sinn,—gu'n do dhion e sinn e ionadh gàbhadh agus cunnart nach b'urrainn duinn aon chuid fhaicinn roimh-laimh, no a seachnadh ged chitheamaid iad,—gu'n do lion e ar beul le moladh, agus ar cridhe le subh-achas 'nuair a bha sinn a' gabhail eagail gu'n deanadh bròn greim oirnn,—agus gu'n d' ath-ùraich e ar gnùis le slàinte, 'nuair a shearg ar gruaidhean fo an-shocair, agus a bha sinn fo eagal gu'n sluigeadh an uaigh suas sinn,—'nuair a smuainicheas sinn air gach ni dhiubh so, nach feum sinn aideachadh gu bheil cliu agus moladh air dòigh ro-àraidh dligheach do Dhia.

Tha na tiodhlacan aimsireil tha Dia a' buileachadh oirnn ro-phriseil ; ach an uair a smuainicheas sinn air a thiodhlacaibh spioradail do'r taobh, agus a ghabhas sinn beachd air a' ghràdh iongantach a nochd e dhuinn ann an Iosa Criosd, feudaidh sinn da rìreadh a ràdh maille ri's an t-Salmadair, “ Cò e an duine, gu'm biodh tusa cuimhneachail air, agus mac an duine, gu'm fiosraigheadh tu e? ” Tha an gràdh a nochd Dia dhuinn, 'nùair a thug e 'aon ghin-mhic féin mar iobairt-reitich air ar son, 'na chùis iongantais eadhon do nà h-ainglibh naomha ; agus tha na beannachdan a ta sruthadh uaith so do'n chinne-daoine nì's mò na's urrainn duine gearr-sheallach a chaoidh a thuig-

sinn. Uime sin gach uair a bheachdaicheas sinn air an t-saorsa a choisinn Criod duinn, bitheamaid air ar brosnuchadh gu ràdh ri ar cridhe ann am briathraibh an t-Salmadair,

- 1 O m'anam, beannaich thusa nis
An Dia Iehobhah mòr :
Moladh gach ni an taobh stigh dhiom
Ainm naomha mar is còir.
- 2 O m'anam, beannaich féin a nis
Iehobhah mòr do Dhia :
Na dìchuimhnich gach tiodhlaca
A dheònuich dhuit an Triath.
- 3 'Se mhaitheas dhuit gu gràsmhor caoin
Gach peacadh annad féin :
'Se bheir dhuit slàint', is furtachd fòs,
O d' easlaintibh gu léir.
- 4 Do bheatha fòs o sgrios a' bhàis
'Se dh'fhuasglas duit gu pait :
'Se chrùnas thu le coron gràidh,
'S le tròcair chaomh gun airc.
- 5 Le 'mhaitheas is le 'thiodhlacaibh
Sàr-lionaidh e do bheul :
'S tha t'òige air a nuadhachadh
Mar iolair luath nan speur.

(B.) GIULAN RIGH ARAIDH.

Bha righ àraighe air uair éigin ro thuirseach agus brònach an déigh dha breth a thoirt air sluagh a bhris lagh na rioghachd, agus an

diteadh gu bas. Air d'a bhràthair fhaicinn san staid so, dh' fheòraich e dheth c'ar son a bha e co iomagaineach. Fhreagair esan e, " Do bhrìgh gu'n do dhìt mi sluagh eile gu bàs a chionn gu'n do bhris iad lagh dhaoine , agus cionnus a nis a théid mi féin as o dhìteadh siorruidh, a bhris gu minic lagh fior-ghlan agus glòrmhor an Dé bheò ?" Air d'a bhràthair so a chluinntinn, thubhairt e ris, " Cha'n 'eil leithsgeul agad bhi ro-mhuladach air son an ni sin ; theagamh gu bheil ùine fhad mu'n tig an là roimh am bheil eagal ort, agus os barr, cha bhi an gnothuch cho cruaidh no cho cudthromach 'sa tha thu a' smuaineachadh."

Chual an righ na briathra faoine so ; agus do bhrìgh gun robh e doilich gu'n do thuit a bhràthair ann am barailibh mearachdach mu thimchioll a' bhreitheanais ri teachd, dhealbh e innleachd gu 'aineolas agus 'fhaoin-bharail a leigeadh ris da. San dùthaich so, 'nuair a dheanadh neach air bith ceannairec an aghaidh an righ, bha e 'na chleachda gu'n rachadh trompaid a shéideadh aig a dhorus aig meadhonoidliche, agus air an ath-la gu'n rachadh a thoirt a mach as a thigh, agus a chur gu bàs. A réir a' chleachda so dh' àithn an righ trompaid a shéideadh aig dorus tighe a bhràthar air feadh na h-oidhche. Mhosgail a bhràthair á chodal cho luath 'sa ràinig fuaim na trompaid a chluasan, agus dh' éirich e agus thàinig e le

ball-chrith a dh'ionnsuidh an righ. "Ciod a nis? thubhairt an righ ris, " C'arson a ta thu fo eagal?" Fhreagair esan agus thubhairt e, " Tha ceannairc air a chur as mo leth, agus am màireach gheibh mi bàs." " C'arson a ta thu fo thrioblaid co mòr air son an ni sin," thubhairt an righ ris, " air dhuit fios a bhi agad gu'n toirear breth ort a mhàin le do bhràthair, agus sin air son cùis do'm bheil thu neochiontach? Tha mi am barail gu'n aidich thu nis gur mòr is mò na sin bu chòir eagal a bhi ormsa, a chionn gur e Dia a bheir breth orm, agus sin ann an cùis d'am bheil mi ciontach. A thuille air sin ged thigeadh e gus a' chuid a's miosa, cha bhàsaicheadh tusa ach bàs aimsireil, ach tha mise eadar anam agus chorpa buailteach do bhàs siorruidh. Agus uime sin, 'nuair tha mi a' dìteadh sluaigh eile air son cionta beag, nach 'eil leisgeul agam bhi tuirseach air eagal gu'm bi mi féin air mo dhìteadh le Dia uile-chumhachdach gu peanas siorruidh?"

(C.) AMAIDEACHD A BHI FO EAGAL SAN DORCHA.

Tha mòran do shluagh òg ealamh gu bhi fo eagal san dorcha, agus gu bhi sgàthach mu thimchioll ni éigin aig nach 'eil *bith* ach 'nam breithneachadh diomhain féin. Bu chòir do'n dream so smuaineachadh air amaideachd agus faoineachd am barailean, agus a thoirt fa'-

near gu'n robh an oidhche air a h-orduchadh le Dia chum fois do dhuine agus do ainmhidh, agus cha'n ann chum comas a thoirt do spioradaibh olc falbh mu'n cuairt a dheanamh croin, agus a chur eagail air sluagh.—Bha òganach beag maille ri ban-seirbhiseach ag imeachd dhachaидh air oidhche ro-dhorch, agus bha coinneal aca air a lasadh chum an t-slighe fhoillseachadh dhoibh. Shéid a' ghaoth ro làdir 'nan aghaidh, agus chuir i as a' choinneal. Bha a' bhan-seirbhiseach an sin fo gheilt air eagal gu'n tachaireadh ni-éigin neo-thalmhaidh oirre ; ach thubhairt an t-òganach rithe, “ Na biodh eagal ort, oir an Ti a ta 'gar freasdal san là, tha e comasach air ar freasdal san oidhche mar an ceudna. Cha chòmhdaich an dorchadas o a shealladh-san, agus cha tachair ni air bith dhuinn ach ni a ta air orduchadh leis-san ann an gliocas, agus ann am maitheas. Air an aobhar sin c'ar son a bhitheamaid fo eagal agus fios againn gu bheil sinn ann an làmhaibh an Ti sin a's urrainn ar tèarnadh o gach gàbhadh agus cunnart.”

Nan sealladh clann bheag air freasdal an Tighearn sa' bheachd so ; nan cuimhnicheadh iad gu bheil a làthaireachd an còmhnuidh maille riu ; gu'n teasairg e a shluagh féin anns gach teanntachd, agus gu'n toir e air gach ni co'-oibreachadh chum maith dhoibhsan a chuir eas an dòchas ann, chitheadh iad aobhar a ràdh maille ris an t-Salmadair,

- 1 Mo shùile togam suas a chum
Nam beann, o'n tig mo neart.
- 2 O'n Dia rinn talamh agus nèamh,
Tha m'fhurtachd uile teachd.
- 3 Cha leig do d' chois air chòr air bith
Gu'n sleamhnuich i gu bràth ;
Tàmh-neul cha tig sin air an neach
'S fear-coimhid ort a ghnàth.
- 4 Feuch air fear-coimhid Israel,
Codal cha'n aom no suain :
'Se Dia t' fhear-coimhid ; 'se do sgàil
Air do làimh dheis gu buan.
- 6 A' ghrian cha bhual i thu san là,
No 'ghealach fòs san oidhch',
Ni Dia do choimhead o gach olc ;
Ni t' anam dhion a chaoidh.
- 8 Do dhol a mach, 's do theachd a steach
Coimhididh Dia a ghnàth ;
O'n aimsir so a nis a t'ann,
'S o sin a mach gu bràth.

(D.) GLIOCAS AGUS FREASDAL DE.

Tha gliocas an Tighearna ri fhaicinn air dòigh ro shoilleir anns gach earrann do obair a' chruthachaidh. Cha'n 'eil luibh tha fàs suas sa' mhachair nach 'eil a' nochdadhbh dhuinn gu bheil Dia iongantach ann an comhairle, agus òirdheirc ann an gniomh. Ma bheachd-aicheas sinn gu mionaideach air an dòigh àraidh air an do shaothraich a làmh gach

feornain do'n fheur tha còmhdaichadh, agus gach luibh agus craobh tha sgeudachadh, aghaidh na talmhainn, chi sinn gu bheil na h-uile nithe air an orduchadh le gliocas do-ranns- uichte, agus chum na crìche a's fearr agus a's iomchuidh do mhac an duine. Tha an luibh mhaoth a' sgaoileadh a freumhan san talamh, agus as a sin tha i tarruing sùth g'a beat- achadh, agus lòn g'a neartachadh agus g'a cumail suas an aghaidh na gaoithe làidir agus dhoinionnaich. Tha cuislean aice tha tarruing sùth as an talamh, agus g'a chur mu'n cuairt a dh' ionnsuidh a' mheoir is caoile agus is fhaide mach dhi; 'Nuair tha a duilleigean a' dionadh an t-sìl araon o theas agus o fhuachd, agus a' toirt cothrom dha teachd gu foirfeachd. Tha an siol féin, 'nuair tha e abuich, air a sgaoileadh mu'n cuairt le gaoith nèimh, agus air a dhionadh o reothadh a' gheamhraidh le mòr-innleachd agus le mòr-ghliocas.

'S iomadh dòigh air am bheil luibhean na macharach air am meudachadh. Tha am feur glas, a ta còmhdaichadh aghaidh na talmhainn, agus a tha air son lòin do bheathaichibh na coille, a' sgaoileadh a fhreumhan beaga mu'n cuairt da; agus uaithe so tha feur ùr ag éirigh, a thuille air an fheur tha fàs o'n t-siol tha e giulan. Anns an innleachd so tha sinn faicinn maitheas agus gliocas an Ti naoimh sin a dh' fhosglas a làmh fhialaidh agus a shàsuicheas miann gach uile chreutair; an Ti sin a bheir

air feur fàs air na sléibhtibh, agus a chòmhdaicheas na glinn le h-arbhar chum 's gu'm bi pailteas ann do dhuine agus do ainmhidh.

Gu'n teagamh is iongantach oibre an Tighearna. Tha an talamh làn d'a mhaitheas, agus tha gach luibh a ta fàs suas a' nochdadadh a ghliocais, a fhreasdail, agus òirdheirceis a nàduir. Agus ma tha sinn a' faicinn freasdal an Tighearna mu thimchioll gach bileag fheoir tha fàs suas air aghaidh na macharach, agus ma tha sinn a' tuigsinn gu bheil càram aige do'n fheur tha sinn a' saltairt fo ar cosaibh, c'arson nach earbamaid sinn féin ris, agus nach fagam-aid sinn féin an taice r'a fhreasdal caomh agus tròcaireach? Feumaidh sinn aideachadh, ged tha sinn a' mothachadh gu bheil Dia a' freasdal do gach ni a chruthaich e, nach 'eil sinn 'gar n-earbsadh féin ris an fhreasdal cheudna; ach gu bheil sinn gu minic air ar toirt air falbh le ana-miann ar sùl, agus le diomhanas an t-saoghail; agus a' cur ar dòchas 'nar gliocas, agus 'nar seòltachd féin.

Thug ar Slànuighear rabhadh dhuinn a thaobh amaideachd ar giulain anns na briathraibh so, "C'arson a ta sibh ro-chùramach mu thimchioll bhur culaidh? fòghlumaibh cionnus a ta na lilighean a' fàs sa' mhachair; cha saothraich iad agus cha sniomh iad. Gidheadh tha mi ag ràdh ruibh, Nach robh Solamh féin 'na uile ghlòir air a sgeadachadh mar aon diubh so. Air an aobhar sin ma tha Dia mar sin a' sgead-

achadh feoir na macharach, a ta an diugh ann, agus am màireach air a thilgeadh san àmhuinn, nach mò na sin a sgeadaicheas e sibhse, a dhaoine air bheag creidimh? Uime sin na bithibh làn do chùram, ag ràdh, ciod a dh'itheas sinn? no ciod a dh'òlas sinn? No ciod a chuir eas sinn umainn? Ach iarraibh air tùs rioghachd Dhé, agus 'fhìreantachd-san, agus cuirear na nithe so uile ribh."

Glioc-as	Tarr-uing	Mach-air
Faic-inn	Tal-amh	Meud-aich
Tigh-earn	Agh-aidh	Maith-eas
Oir-dhearc	Lai-dir	Pait-eas
Freumh-an	Ar-aon	Ar-bhar.

(E.) MU NEBUCHADNESAR.

Tha e ro shoilleir gu'n robh Nebuchadnesar air a thogail suas le Dia chum gu'n coimh-lionadh e a thoil air Iudea, agus air luchd-àiteachaidh Ierusalem. Dh'innis Dia roimh-laimh le 'fhàidhibh gu'n rachadh na h-Iudh-aich a thoirt an braighdeanas do Bhabilon, agus na cinnich a bha mu'n euairt doibh a smachdachadh gu geur, air son lionmhoireachd an aingidheachd. Bha na nithe so air an coimh-lionadh le làimh Nebuchadnesair. Bhuadhaich e air na h-Iudhaich 'nuair a chog e 'nan aghaidh,—chreach e an teampull san robh iad ag aoradh do Dhia, agus thug e air falbh a mheud diubh 's a dh'fhàg an claidheamh am

braighdeanas d'a thìr féin. An déigh sin chog e an aghaidh Thiruis, Shidoin, agus Mhoaib; agus an uair a thug Dia thairis d'a làimh iad, choimhlion e gach ni orra a roimh-innis Dia mu'n timchioll le a sheirbhisich na fàidhean.

Tha e ro chosmhuiil gu'n robh fhios aig Nebuchadnesar c'ar son a thogadh suas e gu bhi 'na righ mòr agus cumhachdach os ceann uile rìghre na talmhainn. Tha e ro shoilleir gu'm fac e gu'n robh làmh an Tighearn a' cogadh maille ris; agus air an aobhar sin, 'nuair a bhudadhaich e air a naimhdean gu h-ionlan, thug e cliu agus moladh do Dhia Iacoib air son an t-soirbheachaidh iongantaich a chaidh dheònachadh dha. Anns a' cheathramh caibdeil do leabhar Dhanieil ghnàthaich e féin na briathra so, "Chunncas ceart dhomhsa, gu'n cuirinn an céill na comharan agus na miobhuilean a dh' oibrich an t-àrd Dhia do m' thaobh: cia mòr a chomharan! agus cia cumhachdach a mhiorbhuilean! a rioghachd-san is rioghachd shiorruidh i, agus tha 'uachdarachd o linn gu linn."

An déigh do Nebuchadnesar pilltinn do Bhabilon dhìchuimhnich e an làmh a stiùir e am measg gach gàbhaidh agus cunnairt troimh an deachaideh e. 'Nuair a dh' amharc e air a' chumhachd agus a' mhòrachd a thugadh dha, bha a' chridhe air a thogail suas, agus 'inntinn air a cruadhachadh ann an uabhar; agus an Dia sin d'am buineadh a shlighe cha

do ghlòraich e. Bhrosnuich a ghiulan foighidin an Uile-chumhachdaich, agus am feadh a bha a chridhe air a shéideadh suas le mòr-chuis agus le àrdan, thàinig guth o nèamh, ag ràdh, “O a righ Nebuchadnesair, riutsa tha e air a labhairt, Tha an rioghachd air dealachadh riut. Agus fògraiddh iad thu o dhaoinibh, agus bithidh do chòmhnuidh le beathaichibh na macharach: bheir iad ort feur itheadh mar dhaimh, agus théid seachd aimsirean thairis ort, gus am bi fios agad gu bheil an Ti a's àirde riaghladh ann an rioghachd dhaoine, agus g'a tabhairt do neach air bith a's àill leis.”

Air an uair sin féin choimhlionadh am bagradh eagallach so. Bha Nebuchadnesar air fhogradh o dhaoinibh, agus dh'ith e feur mar dhaimh, agus bha a choluinn fluech le dealt nèimh, gus an d' fhàs 'fhionna mar chloimh na h-iolaire, agus 'iongannan mar spuirean eun.” Tha an eachdraidh so a' nochdadhl dhuinn gu soilleir cia cho gràineil 'sa tha sealladh àrd agus inntinn uaibhreach an làthair an Tighearna. Dhiult Nebuchadnesar cliu agus urram a thabhairt do Dhia air son nan nithe iongantach a choimhlion e d'a thaobh, agus air an aobhar sin chaidh a chrannchur a shonrachadh dha am measg bheathaichean na macharach, gus an robh e air iriosalachadh 'na chridhe, agus gus an d' thug e umhlachd do'n Ti a's àirde. O an

eisempleir so is còir dhuinn fhoghlam bhi iriosal. Tha irioslachd inntinn an dà chuid feumail agus iomchuidh dhuinn, oir tha sinn an taice ri Dia air son gach sochair tha sinn a' sealbhachadh—air son gach mionaid do ar beatha, agus air son gach ni tha sinn an dòchas ri mhealltuinn. Gabhaidh Dia còmhnuidh maille ris an neach sin tha iriosal 'na chridhe; ach tilgidh e an t-uaibhreach gu ruig an lär, agus bheir e fear an àrdain bhuirb gu bochdainn agus truaighe. A thaobh nan nithe so thubhairt an Salmadair 'na urnuigh ri Dia,

Na leig do chois an àrdain bhuirb
 A'm' aghaidh teachd, a Dhé ;
 Is làmh an droch dhuin' aingidh fòs,
 Gu bràth na tulgadh mi.

Lasan no campar na biodh ort,
 Mu dhaoinibh aingidh olc,
 Is na gabh farmad ris an dream
 A bhios a' deanamh lochd.

Oir amhluidh mar is dual do'n fheur,
 Glan-sgathar iad gu grad,
 Is amhluidh mar na lusa maoth
 Crion-seargaidh iad air fad.

(F.) A' GHRAIN.

Tha a' ghrian do'n t-saoghal nadurra, mar a ta spiorad na beatha do mhac an duine. 'Se a teas a ta toirt fàis do luibhibh na macharach ; agus an uair a sgaoileas i caoimhneileachd na

glòir-mhaidne mu'n cuirt di, bithidh gach creutair beathail le a làthaireachd,—suilbhír agus aidhireach le a tiodhlacaibh. Le a teas eiridh mìlte do chuileagaibh sgiathach gu beatha. Clisgidh na h-eoin á'n codal, agus dòirtidh iad a mach an ceileirean sunndach ann an co-sheirm chiùil 'nuair a mhothaicheas iad a blathas. Le meilich bheir na treuda buidheachas air son teachd na maidne ciùine, agus innsidh am buar le'n àrd-gheumnaich an taingeileachd. Aithrisidh na gleanntan an ceòl ceudna, agus freagraidh na cnuic do'n fhonn. Bheir teas na gréine air gach luibh tha air aghaidh na talmhainn fàs gu h-ùrar agus gorm;—còmhdaichidh e na craobhan le duilleach,—a' mhachair le arbhar agus meas, —na sléibhteán le buar agus treudaibh, agus cridhe an duine le gairdeachas agus taingeileachd.

A réir cunntais nam feallsanach no nan daoine foghluimte tha a' ghrian deich ceud mìle uair ni's mò na an talamh, agus ceithir fichead 'sa deich muilliona do mhìltibh air astar uaith. Tha a' ghrian a' tionndadh mu'n cuairt d'a rotha féin aon uair sa' bhliadhna, a' siubhal o dheas gu tuath, agus air a h-ais a rìs. 'Nuair tha i fada gu deas tha an là goirid, agus an aimsir fuar againn san eilean so; ach an uair tha i pilltinn gu tuath tha ar là a' fàs fad, agus tha blàthas an t-samhraidh ag ath-ùrrachadh gach luibh mhaoth a shearg,

agus gach craobh a lòm, gaoth reòtaidh a' gheamhraidh. Smuainichidh sluagh neo-fhoghlumte gu bheil a' ghrian ag éirigh san àird an ear agus a' dol fodha san àird an iar, do bhrìgh nach 'eil iad a' tuigsinn gu bheil an talamh a' tionndadh mu'n cuairt, no a' cur car dheth air a roth aon uair sna ceithir uairibh fichead; agus le so a' nochdadadh na gréine do shùilean an duine mar gu'm biodh i ag éirigh san àird an ear, agus a' luidhe san àird an iar gach uair a ta an talamh a' cur car dheth air an dòigh so.

Tha cuid do na reultaibh tha sgeadachadh aghaidh nèimh le sgéimh ghrinn, mòran ni's mó na an saoghal so, agus tha daoine foghlumte am barail gu bheil iad uile air an àiteachadh le creutairibh tuigseach cosmhuiil riunn féin. Comhairichidh am feallsanach le innil-seallaidh beanntan agus uisgeachan air aghaidh na gréine agus na gealaich—chi e air uairibh cuid do na h-àrd-bheanntaibh a' sgeith mach teine agus luathre, amhuil a ni beinn Etna ann an Sicili; agus cha'n 'eil e cu-cosmhuiil gu'm feud na h-inneala-seallaidh bhi air an leasachadh cho mòr, agus gu'n comharaich iad fathast an sluagh gun àireamh tha 'g àiteachadh gach mìle saoghal a ta mu'n cuairt duinn.

Tha oibre Dhé ro-lionmhor agus iongantach. Cha'n urrainn do chreutair cruthaichte an tuigsinn no an àireamh. Tha an cunntas

os ceann gach ni air an urrainn da smuaineachadh, agus tha an gliocas a dhealbh, agus an cumhachd a ta 'gan cumail suas, ro-iongantach thar eòlas chloinn nan daoine. 'Nuair a dh'amhairc Daibhidh air oibrigh iongantach agus glòrmhor an Tighearna, thubhaint e, "Cuiridh na nèamha an céill glòir Dhé, agus nochdaidh na speura gniomh a làmh. Tha là a' deanamh sgéil do là, agus oidhche, a' foillseachadh eòlais a dh' oidhche. Cha'n 'eil cainnt, cha'n 'eil briathra anns nach cluinnear an guth. Air feadh na talmhainn uile chaidh am fuaim a mach, agus am focail gu iomall an domhain. Do'n ghréin chuir e pàilliun annta; agus tha i mar fhear nuadh-pòsda a' teachd a mach á 'sheòmar: ni i gairdeachas mar ghaisgeach a' ruith a shlighe. Tha dol a mach o chrìch nan speur, agus a cuairt gu ruig an crioch-aibh; agus cha'n 'eil ni air bith a dh' fholaich-ear o a teas."

Saogh-al	Làth-air	Geamh-radh
Nad-ur-eil	Taing-eil	Pill-tinn
Luibh-ean	Sleibh-tean	Creu-tair
Mad-uinn	Cuil-eag	Samh-radh

MU MHOTHACHADH.

Se *mothachadh* fior-thobar gach ni a ta luach-mhor 'nar subhachas, no costail 'nar dubhachas. 'Se so a ta 'gar toirt gu gairdeachas a dheanamh maille riusan a ta ri gairdeachas, agus gu caoidh

maille riusan a ta ri caoidh. 'Se so a ta 'gar stiùradh gu tigh a' bhròin, agus a tha toirt duinn comhfhulangas a bhi againn ri ar co-chreutairibh 'nuair tha làmh throm na trioblaid iarganaich a' luidhe gu goirt orra. Cha'n 'eil sealladh air bith a's àluinn na bhi faicinn sùil na h-òige a' sileadh dheur air son thrioblaidean na sean aois; agus cha'n 'eil ni air bith a bheir tuille toil-inntinn duinn na bhi 'g amharc air cloinn a' frithealadh do dh'uireasbhuidh am párantan; agus le'n caoimhneas agus an gràdh agus an càram d'an taobh, a' nochdadhbh gu bheil mothachadh aca do thrioblaid an t-sluaigh a ghin iad, amhuil a bhiodh aca d'an trioblaidibh féin.

'S ann o fhior-mhothachadh tha sruthadh gach subhachas, gach càram, agus gach maitheas tha 'g àrdachadh nàdur an duine, agus tha togail a smuainte os ceann an dus-laich, air am bheil e agimeachd. 'Se so tobar siorruidh an fhlangais tha toirt air párantairibh freasdal d'an cloinn ann an là an trioblaid le gràdh nach sgìthich, agus le curam a dhìultas fois d'an sùilibh, agus sòlas d'an cridhe: Agus is ann uaith so tha 'g éirigh an gràdh agus an càram tha clann a' nochdadhbh d'am párontairibh 'nuair tha iad aosmhòr agus eu-comasach air iad féin eiridinn.

Bha fior-mhothachadh aig Iob do thrioblaidibh sluaigh eile; dh' fhiosraich e cor an truaghain agus an fheumaich, agus chuidich

e leis-san a bha deas gu tuiteam. Air an aobhar sin bha gràdh aig gach neach dha, agus b'urrainn da a ràdh, "An uair a chual a' chluas, bheannaich i mi, agus an uair a chunnaic an t-sùil, thug i fianuis leam. A chionn gu'n do shaor mi am bochd a bha 'g éigheach, agus an dilleachdan aig nach robh fear-cuideachaidh. Thàinig beannachadh an ti a bha ullamh gu bàsachadh orm; agus thug mi air cridhe na bantraich seinn le h-aoibhneas. Chuir mi ionracas orm, agus dh-eudaich e mi: mar fhalluing agus mar choron bha mo bhreitheanas. Bu shùilean mi do'n dall, agus bu chosen mi do'n bhacach. Bha mi a'm' athair do na bochdaibh, agus a' chùis nach b'aithne dhomh rannsaich mi a mach."

MU'N TRIUIR CHLOINNE A THILGEADH SAN
AMHUINN THEINNTICH.

Rinn Nebuchadnesar righ Bhabiloin ìomh-aigh òir a bha tri fichead làmh-choille air àird, agus sè làmha coille air leud; chuir e suas i ann am machair Dhura, agus choisrig e i le mòr-ghreadhnachas. An déigh dha so a dheanamh thug e àithne seachad, Ciod air bith àm san cluinneadh a shluagh fuaim gach seòrsa ciùil gu'n tuiteadh iad sios agus gu'n tugadh iad aoradh do'n ìomhaigh; agus co air bith nach striochdadh sìos, agus nach deanadh aoradh, gu'n tilgear e san uair sin fein, ann am builsgein àmhuinn theinntich

dhian-loisgich. Aig an àm so bha triuir Iudh-aich àraidh, d'am b'ainm Sadrach, Mesach, agus Abednego, a chòmhnuidh ann am mòr-roinn Bhabiloin; agus do bhrìgh gu'n robh iad 'nan daoinibh glice, agus a' deanamh seirbhis do Dhia an aithriche, dhiult iad aoradh a thoirt do'n iomhaigh òir a chuir righ Bhabiloin suas.

Air do Nebuchadnesar so a chluinntinn bha e aùn an corrúich mhòir, agus bhagair e iad le bàs uamhasach mur geilleadh iad d'a thoil, agus mur striochdadadh iad sios do'n dealbh a rinn e. Ach fhreagair iadsan agus thubhairt iad, Cha'n 'eil suim againn freagradh a thoirt duit sa' chùis so, O a righ. Ma's ann mar sin a bhitheas tha ar Dia-ne, d'am bheil sinn a' toirt seirbhis, comasach air ar saoradh o'n àmhuinn theinntich dhian-loisgich; agus ni e ar saoradh o d' làimh-sa, O a righ. Ach mur dean, biodh fhios agad, O a righ, nach toir sinn seirbhris do d' dhiathaibh, no aoradh do'n iomhaigh òir a chuir thu suas."

'Nuair a chual Nebuchadnesar na briathra so, bha e air a lionadh le corrúich, agus dh'àithn e gu'n teasaicheadh iad an àmhuinn seachd uaire ni bu mhò na bu ghnàth leo a teasachadh, agus gu'n tilgeadh iad an triùir fhear so ceangailte sios 'na builsgein. Rinneadh so; ach bha làmh an Tighearna mu'n cuairt do 'n triuir dhaoine, agus chuir e 'aingeal g'an teasairginn, chum's nach biodh comas aig an teine dochann a dheanamh orra. Greis an

déigh sin, chaidh Nebuchadnesar a shealltainn ciod a thachair dhoibh; agus air dha am faicinn ag imeachd am meadhon an teine, agus aingeal an Tighearna maille riu, lionadh e le h-uamhunn, agus rinn e deifir, agus dh'orduich e an toirt a nios á builsgein na h-àmhuinn theinntich dhian-loisgich.

A réir orduigh an righ chaidh na daoine a thogail suas; agus an uair a chunnaic Nebuchadnesar nach robh cumhachd air bith aig an teine air an corpaibh, thubhairt e, “Gu ma beannaichte gu’n robh Dia Shadraich, Mhesaich, agus Abednego, a chuir a nuas ’aingeal, agus a shaor ’òglaich a chuir an dòchas ann, agus a chuir an aghaidh focail an righ, agus a thug seachad an cuirp chum nach tugadh iad seirbhis do Dhia air bith ach d’an Dia féin. Uime sin tha mi toirt orduigh gu’m bi gach sluagh a labhras ni sam bith an aghaidh Dhé Shadraich, Mhesaich agus Abednego air an gearradh ’nam bloighdibh, agus an tighean air an deanamh ’nan dùin aolaich, a chionn nach ’eil Dia air bith eile ann a’s urrainn tèarnadh air an dòigh so.” Tha sinn a’ foghlum o’n eachdraidh so gu’m bi freasdal an Tigh-earn an còmhnuidh mu’n timchioll-san a ni bun á ’ghràs, agus a dh’ fhàgas iad féin an taice ris: gu’n dion e iad o gach urchuid, agus a réir briathra an fhàidh, “’Nuair a dh’imich-eas iad tre an teine cha loisgear iad, agus cha dean an làsair greim orra.”

MU FHREASDAL AN TIGHEARN.

- 1 Is e Dia féin a's buachaill dhomh,
 Cha bhi mi ann an dìth.
 Bheir e fa'near gu luidhinn sios
 Air cluanaibh glas le sìth :
- 2 Is fòs ri taobh nan aimhnichean
 Théid seachad sios gu mall,
 Tha e gach uair g'am threòrachadh,
 Gu mìn réidh anns gach ball.
- 3 Tha 'g aiseag m'anam' dhomh air ais ;
 'Sa treòrachadh mo cheum
 Air slighibh glan na fìreantachd
 Air sgàth 'dheadh-ainme féin.
- 4 Seadh fòs ged għluaisinn eadhon trìd
 Għlinn dorcha sgàil a' bhàis,
 Aon olc no urchuid a theachd orm
 Ni h-eagal leam 's ni 'n càs.
- 5 Air son gu bheil thu leam a għnàth,
 Do lorg 's do bhata treun,
 Ataid a' tabhairt comhfurtachd
 Is fuasglaidh dhomh a' m' fheum.
- 6 Dhomh dħeasuich bord air bheul mo nàmh;
 Le h-oladh dh'ung mo cheann,
 Cuir thairis tha mo chupan fòs
 Aig meud an làin a t'ann.
- 7 Ach leanaidh maith is tràcair rium
 An cian a bhios mi beò ;
 Is còmhnuicheadm an àros Dcé,
 Ri fad mo rè 's mo lò.

AM MATH-GHAMHUIIN.

Tha am math-ghamhuin 'na ainmhidh làdir, iargalt, agus coimheach. 'Se is àite-còmhnuidh dha gu minic coilltean aonaranach, agus àrd-mhonaidhean fuar far nach 'eil duine a' tathaich ; agus anns na h-àtitibh iomallach sin cuiridh e seachad iomadh mìos do'n gheamhradh 'na chodal, gun mhothachadh aig do fhuachd no do ocras. Ann an iomadh cearn do'n domhain tha sealgadh a' mhath-ghamhuin 'na obair bhitheanta aig an t-sluagh. Tha 'fheoil ro mhilis agus bhlàsda, cosmhuil ri muic-fheoil ; agus tha a cheithreanan air an sailleadh, agus air an giulan do gach earrann do'n Roinn-Eorpa air son a' mhargaidh. Gheibhear am math-ghamhuin ro-lionmhor ann an Rusia ; tha 'fheoil ro-phrìseil aig bord nan daoine mòra, agus tha a chroicionn ro mhaith chum còmhdach leabaichean, agus làmhuitean a dheanamh dhoibhsan tha 'g aitheachadh nan dùthchanna sin far am bheil mòran doininn agus fuachd.

Anns na sgrioptuiribh tha iomradh againn gu minic air a' mhath-ghamhuin. An uair a chaidh Elisa suas gu Betel, an déigh do a mhaighstir bhi air a thogail suas le iom-ghaoith do na nèamhaibh, thàinig clann bheag a mach as a' bhaile agus rinn iad fanoid air. Agus sheall esap 'na dhéigh, agus mhallaich e iad ann an ainm an Tighearna ; agus thàinig dà mhath-ghamhuin bhoirionn a mach as a' choille, agus

reub iad a dhà agus dà fhichead duine cloinne dhiubh. Air do Dhaibhidh bhi toileach dol a chogadh an aghaidh an Philistich a thug dùbhlann do armaitibh Israeil, dh'innis e do Shaul, mar aobhar a dhòchais, gu'n do mharbh e leòmhan agus math-ghamhuin a thug ionnsuidh air an treud a bha e ag ionaltradh sa' mhachair; agus thubhaint e ris gu'm biodh am Philisteach neo-thimchioll-ghearrta so 'na làimh mar aon diubhsan, do bhrìgh gu'n d'thug e dùbhlann do armaitibh an Dé bheò. Agus a shoillseachadh nàdur siochail rioghachd Chriosd, roimh-innis am fàidh Isaiah, "Gu'n ionaltradh a' bho agus am math-ghamhuin le chéile; gu'n luidheadh an àlach sios cuideachd; agus gu'n itheadh an leòmhan connlach mar an damh."

Iarg-alt	Mall-aich	Thubh-airt
Coimh-each	Lion-mhor	Riogh-achd
Coill-tean	Arm-aitl	Cuideachd
Croic-ionn	Seal-gair	Leòmh-an
Maigh-stir	Boir-ionn	Conn-lach.

MU SHAORSA SHIORRUIDH.

Cha'n urrainn duinn an t-saorsa a dh'oibrich Criosd a mach air ar son a mheas os ceann a luach. Tha i ro-phrìseil thar gach beannachadh coitchionn-tha sinn a' sealbhachadh, agus le firinn feudar a ràdh mu timchioll nach 'eil ni air an cuala duine riamh iomradh a ghabhas car aon mhionaid a choimeas rithe. Eadhon sa' bheatha a ta làthair tha ar Slànuighear a'

deònachadh dhuinn bheannachdan a's airidh air ar n-uile chliu agus ghràdh. Tha e toirt eòlais duinn air nàdur glòrmhor an Dé bheò agus neo-fhaicsinnich ; tha e 'gar teagasg mu thimchioll truaillidheachd ar nàduir féin ; agus a' nochdadh dhuinn ciod an dòigh air am feud ar cridhe bhi air ath-nuadhachadh a rìs gu bhi cosmhul ri ìomhaigh ar Cruithfhir.

A thuille air so tha e toirt saorsa dhuinn o chumhachd a' pheacaidh ; buaidh thar ar n-aignibh truaillidh ; agus an neart agus an toil gu cogais neo-lochdach a bhi againn a thaobh Dhé agus a thaobh dhaoine. Tha e mar an ceudna a' toirt sòlais duinn am measg gach tuiteamas tha teachd 'nar crannchur ; agus anns na trioblaidibh is goirt a ta 'gar teannachadh, agus anns na neoil is doirche a ta 'gar cuairteachadh, neartaichidh e sinn gu'n giulan le foighidinn, agus feuchaidh e dhuinn ciod an dòigh air am faigh sinn saorsa uapa.

Ged tha beannachdan prìseil a' sruthadh o'n t-saorsa a choisinn Criod duinn sa' bheatha so, 'sann a thaobh siorruidheachd a chi sinn air dòigh ro-àraidh cia cho luachmhor agus phrìseil 's a ta i. Mar pheacaich tha sinn buailteach do sgrios siorruidh, ach tha Criod 'gar teasairginn o'n staid eagallach sin le tairbhe na h-iobairt a thug e seachad 'nar riochd air a' chrann-cheusaidh. Cha'n e mhàin gu bheil e 'gar teasairginn o'n staid thruagh agus pheacach san do thilg ar n-easumhlachd sinn ; cha'n e mhàin

gu bheil e 'gar teasairginn o ifrinn agus o léir-sgrios; ach tha e mar an ceudna 'gar deanamh iomchuidh air son nèimh, ma tha sinn a' cur ar dòchais ann air son fireantachd agus slàinte: agus tre oibreachadh éifeachdach an Spioraid naoimh tha e 'gar naomhachadh, agus 'gar giulan air ar n-aghaidh o ghràs gu gràs gus an ruig sinn iomlaineachd ar nàduir. Cia cho taingeil ma ta is còir dhuinn bhi do Chriosd a choisinn saorsa cho mhòr dhuinn: Cia cho curamach chum beannachdan an t-soisgeil a mhealtuinn; agus cia cho dichiollach ann an gnàthachadh nam meadhona sin a dh'orduich-eadh le Dia chum gu'n ruig sinn fa-dheoidh air a' bheatha mhaireannaich.

Is brònach an ni e gu bheil mòran sluaigh caoin-shuarach mu thimchioll na slàinte a choisinn Chriosd do'n chinne-daoine. Tha iad a' teachd beò san t-saoghal so mar nach bitheadh cunntas aca ri thoirt san t-saoghal ri teachd, mar nach bitheadh fear-saoraidh ann, no mar nach b'airidh an t-slàinte a choisinn e dhoibh bhi air a gabhail o a làimh. Iadsan a chaith-eas am beatha air an dòigh so, smuainichidh iad air dòigh eile aig crìch an làithean, agus chi iad amaideachd an giulain 'nuair nach dean an deòir, am bròn, no an aithreachas a leasachadh.

Chum 's gu'n seachainn sinn cor agus cunnart an duine aingidh, bitheamaid a ghnàth a' beachdachadh air òirdheirceas na slàinte a dh' oibrich Chriosd a mach air ar son, agus

guidheamaid gu dùrachdach air Dia gu'm maitheadh e dhuinn ar peacanna, gu'n naomh-aicheadh e ar cridheacha, agus le còmhnadhléifeachdach a spioraid gu'n deanadh e iom-chuidh sinn gu dol a steach fadheoidh do aoibhneas ar Tighearna. Agus do bhrìgh gu bheil ar làithean gearr agus ar beatha neo-chinnteach, tha e ro-amaideach dhuinn bhi cur dàil air bith ann an obair ar Slàinte. Cha'n 'eil gealladh againn air uair do aimsir san t-saoghal so; agus ma ghlacas am bàs sinn ann an staid neo-iompaichte, feumaidh sinn bhi truagh gu siorruidh,—“Oir cha'n 'eil obair, no innleachd, no eòlas, no gliocas san uaigh chum am bheil sinn uile triall.”

NA LOCUIST.

Tha an locust mu'n cuairt do thri oirlich air fad, a dhath ciar-dhonn, agus a chruth cosmhuil ri cruth an fhionain-fheòir. Falbhaidh sgaoth mhòr do locuist cuideachd, air achd is gu'n dorchaich iad solus na gréine, mar gu'n tigeadh neul tiugh eadar i agus an talamh; agus ge b'e àit san stad iad ithidh iad suas gach luibh ghorm, agus duilleach gach craoibh tha fàs air aghaidh na talmhainn. Bha armait cho mòr dhiubh cruinn an taobh deas Africa beagan bhliadhna cha air ais is gu'n do chòmhdaich iad tuille talmhainn na ta ann an eilean Bhreatain gu h-iomlan. Shéid gaoth dhoinionnach mòran diubh do'n fhairge far an

do bhàsaich iad, agus air do na tonnan an tilg-eadh a mach air an traigh, bha iad air an carnadh suas cosmhuil ri balla àrd ; dh'fhàs iad breun ann an ùine ghoirid, agus thog iad plàigh ghràineil do'n t-sluagh bha tuineachadh san àite sin.

Is eagallach an diùbhail tha na locuist a' deanamh anns gach cearn sam bheil iad a chòmhnuidh : Tha gorta mhòr am bitheanta 'gan leantuinn, agus tha aghaidh na talmhainn, an déigh dhoibh siùbhal thairis oirre, a dh'eas-bhuidh aon luibh, no aon bhiveag do fheur gorm.

'Se Africa gnàth àite-còmhnuidh nan locust. As a sin thàinig iad air uairibh do'n Roinn-Eorpa, agus anns a' bhliadhna 1748 bha beagan diubh air am faicinn an Sasgunn. Chuir an sealladh so mòr-eagal air an t-sluagh ; ach air do fhuachd a' gheamhraidh teachd, chuir e crioch air na locuist agus air an eagal faraon. Cha'n 'eil a dh' innleachd aig mac an duine na's urrainn cur as do na beathaichibh gràineil so ; agus mur tugtadh sgrios orra air uairibh le huisge, le fuachd, agus le gaoith ata 'gan séideadhl do'n mhuir agus 'gam bathadh, chreachadh iad gu h-iomlan na dùthchanna tha iad ag àiteachadh.

Am measg nam plàighean uamhasach a thug Dia air Pharaoh agus air a shluagh, 'nuair a dhiult iad clann Israel a leigeadh air falbh as an tìr, chuir e locuist d'an criochaibh a chòmhdraig aghaidh na talmhainn, agus a dh'ith suas

uile luibh na macharach, agus uile mheas nan craobh ann an talamh na h-Eiphit. A réir lagha an t-Seann Tiomnaidh bha e ceadaichte do na h-Israelich na locuist itheadh ; agus tha e air aithris mu thimchioll Eoin Bhaiste gu'n robh a chulaidh do fhionna chàmhal, agus gu'm b'e bu bhiadh dha locuist agus mil fhiadhaich.

Duill-each	Plàigh-ean	Lo-cuist
Tal-mhainn	Uamh-as	Oir-leach
Còmh-daich	Tionn-daidh	Bàs-aich
Lean-tuinn	Fiadh-aich	Cos-mhuil
Bliadh-na	Crioch-an	Gràin-eil

DIA MAR AR N-ATHAIR NEAMHAIDH.

Is tlachdmhor agus aoibhneach an ni bhi beachdachadh air Dia mar ar n-Athair nèamhaidh. Is e ar n-Athair e do bhrìgh gu'n do chruthaich e sinn ; 'S e ar n-Athair e do bhrìgh gur e a fhreasdal caoimhneil a ta 'gar cumail suas, agus gur i a làmh fhialaidh tha sàsuchadh ar n-uile mhiann ; agus os ceann gach ni is e ar n-Athair e do bhrìgh gu'n do shaor e sinn o ar staid thruaigh agus chailte tre ìobairt 'aoine ghin-mhic, agus gu'n d'thug e comas dhuinn bhi 'nar cloinn d'a féin, agus a' bheatha mhaireannach a shealbhachadh. 'Nuair a bheachdaich Eoin air gràdh athaireil Dhé do'n chinne-daoine, thubhairt e, " Feuch ciod a' ghnè ghràidh a thug an t-Athair dhuinne gu'n goirteadh clann Dhé dhinn."

Ma ghràdhaich Dia sinn air dòigh cho ion-gantach is gu'n d' thug e 'aon ghin-mhic mar iobairt air ar son, gun teagamh is còir dhuinn esan a ghràdhachadh le'r n-uile chridhe agus le'r n-uile neart : agus nochdaidh sinn gu bheil an gràdh so a' gabhail còmhnuidh 'nar cridhe ma bhitheas gràdh againn d'a chéile. Tha sinn uile 'nar bràithribh agus peathraichibh anns an t-seadh a's àirde do'n fhocal. Tha an t-aon Dia againn air son ar n-Athar ; an t-aon Slànuighear 'gar teasairginn o thruaighe, agus an t-aon Spiorad gu ar stiùradh air an t-slighe tha treòrachadh gu nèamh. Uime sin an àite bhi ri comhstri ; an àite bhi 'g altrum farmad agus tnù 'nar cridhe, thugamaid gràdh d'a chéile mar bhràithribh,—bitheamaid seirceil aon ri aon eile, agus deanamaid dichioll air maith a dheanamh do na h-uile a réir ar coth-roim ; agus an sin éisdidh Dia ri ar n-urnuigh 'nuair a ghairmeas sinn air mar “ Ar n-Athair a ta air nèamh.”

LAOIDH XXXIII.

- 1 Athair gach dùil a bhos is shuas !
D'an dual gach cliu is glòir ;
A'd' làthair striochdaidh sinne sìos,
Gu h-iosal mar is còir.
- 2 D'ainm naomhaiclear sna h-uile àit,
Is aoradh dha gach slògh ;
Craobh-sgaoil do Shoisgeul 's thoir dha
Is luathaich rioghachd na glòir. [buaidh,

- 3 Deanadh gach dùil air thalamh bhos,
 Do thoil mar ainglibh nèimh ;
 Dhi geilleadh iad le cridhe ait,
 'S le giulan macant sèimh.
- 4 Ar n-aran lathail deònuich dhuinn,
 Is cridhe taingeil leis ;
 Is ciod air bith is cuibhrionn duinn,
 Do bheannachd biodh 'na chois.
- 5 Maith dhuinn ar fiacha trom, a Dhé,
 A réir mar mhaitear leinn,
 D'ar feichnibh féin an euceartan,
 'S gach beum a thug iad dhuinn.
- 6 Na leig am buaireadh sinn, a Dhé,
 Ach gléidh sinn o gach lochd ;
 Oir rìoghachd, cumhachd, 's glòir gu'n
 'S leat nis 's a rìs gu beachd. [chrioch,

MU CHOIRC.

Cia ionmholta agus eag-mhaiseach an t-ull-uchadh a rinn Dia air son uile uireasbhuidh a chreutairean. Anns na talmhannaibh teth tha meas cùbhraidh agus blasda, eutrom agus fionnar, air a sholair gu pailte fa chomhair an duine ; agus tha na craobhan air an còmhachadh le duilleach, agus na doireachan a' tilgeadh an sgàile air son fasgaidh dha o theas na gréine. Cha'n 'eil iomall air bith do'n domhain anns nach faighear pailteas do na nithibh sin tha feumail do'n t-sluagh tha 'ga àiteachadh. Anns na h-àitibh tuathach tha na caoraich a

giulan olainn, agus na fiath-bheathaiche croicnean tuigh agus blàth a chòmhachadh an t-sluaigh, agus 'gan dian o'n ghaillionn : 'Nuair tha an talamh a' giulan sìl, agus a' mhuir toirt seachad éisg a bheathachadh an cuirp.

Anns gach cearn do'n domhain tha coirc, (an luibh is luachmhoire agus is prìseile tha fàs as an talamh,) r'a fhaotainn do aon seòrsa no do sheòrsa eile. Eadhon anns na gleanntaibh tuathach, ged tha iad air an cuairteachadh le monaidhean lom agus fuar, fàsaidh e suas gu siolmhor. 'Nuair tha coirc air a dheasachadh, tha e ro iomchuidh air son bìdh agus dibhe do mhac an duine, agus tha an talamh comasach air mòr-phailteas deth a ghiulan ma thèid a shaoithreachadh gu ceart. Is suilbhir agus is taitneach an sealladh bhi faicinn nan gleann air an còmhachadh le caoraich, agus nan cluainean air an sgeudachadh le feur, agus nan achaidhean a' giulan mòr-phailteas do gach gnè sìl, air son sochair an duine. Is mòr tha do mhaitheas agus do chaoimhneas an Tighearna air am foillseachadh anns na nithibh so. Tha iad a' nochdadadh dhuinn gu soilleir an làmh fhialaidh sin tha sàsuchadh miann gach uile chreutair, agus a' toirt aobhar dhuinn a ràdh maille ris an t-Salmadair,

Mu'n bhliadhna coron tha thu cur,
 Le d' mhaitheas féin, a Dhé;
 Tha saill a' sileadh anns gach àit,
 O d' cheumannaibh gu réidh.

Air cluainibh glas an fhàsaich luim,
 Nuas silidh iad gu mìn ;
 Na tulaich bheag, gach taobh a ta
 Làn aoibhneis agus gean.

Na cluainean air an sgeadachadh
 Le treudaibh anns gach àit ;
 Na glinn le h-arbhar folaichte,
 'Seinn iolach ait is gair.

MU LEISG.

Ann an làithibh t'òige, O òganaich, na bi mairneileach ann ad ghnothuch, no leasg anns an dreuchd a chaidh a shonrachadh dhuit. Ma thòisicheas tu aon uair air dàil a chur anns na dleasdanasaibh sin a tha mar fhiachaibh ort a choimhlionadh, fàsaidh tu uidh air n-uidh ni's neo-churamaiche mu'n timchioll, gus ma dheireadh gu'm bi e ro-dheacair ort an cur an gniomh. Feudaidh tu an sin bhi cur romhad gu'n ath-leasaich thu do bheatha, agus gu'm bi thu dichiollach, agus duineil chum do dhleasdnas a chomhlionadh. Ach is diomhain do rùn-suidhichte; oir air dhuit aon uair droch chleachda fhòghlum, agus air dhuit bhi car tamuill a' caithe do bheatha an diomhanas, bithidh tu a lion beagain agus beagain air do chuibhreachadh fo għlasaibh teann na leisge, agus tuitidh tu ann an seòlann-aibh seachranach nach bi e furasd duit a thréigsinn. Saolaidh tu an toiseach gu'n toir

thu buaidh air do leisg ann an gradaig aig àm air bith a chi thu iomchuidh ; ach an uair a bheir thu oidhearp, mothachidh tu an sin gu bheil do namaid ni's cumhachdaiche na bha dùil agad : Agus air dhuit a thuigsinn gu bheil cath goirt agad r'a chur mu'n toir thu buaidh air an droch chleachda so, suidhidh tu sios a dhìth misnich, agus gun umhail do'n truaighe tha thu toirt ort féin.

Ma leigeas tu le leisg buadhachadh ort, gabhaidh tu do leith-sgeul féin aig gach àm ann am briathraibh an lundair, agus their thu mar so, "Do bhrìgh gu bheil mo namaid tuille 's làidir air mo shon, leigidh mi leis, agus gabhaidh mi fois agus socair dhomh féin." Air an dòigh so goididh *leisg* a steach ort, agus bheir i thu fadheoidh gu bochdainn agus gu luideagaibh.

Tòisich uime sin gun dàil, O òganaich, air a bhi gniomhach agus dichiollach. Cha phill na làithean a dh' fhalbh ni's mò, agus tha na làithean a ta ri teachd gearr agus neo-chinn-teach. Air an aobhar sin tha e mar fhiachaibh ort an aimsir a ta làthair a bhualeachadh gu ceart agus gu treibhdhireach. Na glacadh eu-dòchas thu air son a' mhi-bhuil a thug thu as a' chuid a chaidh seachad do d' bheatha, agus na dean bun as an àm ri teachd. Bi dichiollach an diugh, agus builich gach mionaid tha gabhail seach air dòigh a bhios chum do leas ; oir cha'n 'eil fhios agad ciod a thachair-

eas am màireachì, no cuin a dh' iarras Dia t'anam uait.

Cha'n eil ni air bith a's soilleire na gu bheil uireasbhuidh agus bochdainn a' sruthadh o leisg, 'nuair tha suaimhneas agus sìth, slàinte agus pailteas, ann am fardoch an dichiollaich. Cò esan aig am bheil beartas agus cumhachd, a tha sgeadaichte le h-urram agus le cliu, agus a tha 'na chompanach do dhaoinibh mòra agus tuigseach na talmhainn? Nach e esan leis am fuathach leisg, agus a chuireas cùl ri lunndaireachd;—esan a ta dichiollach 'na dhreuchd, agus treibhdhireach 'na dhleas-danas;—esan a dh'éireas gu moch, agus a luidheas sios gu h-anmoch,—a bhios trathail an cois a ghnothuich, agus nach sguir gu h-eallamh air sgàth suaine. Cha'n eil an duine so air a shàruchadh le tinneas no le h-eucail mar a ta an leisgein. Tha e a' caitheadh a bheatha gu sunndach agus suilbhìr, 'nuair tha an lundair 'na eallaich dha féin, agus do dhaoine eile. Seachainn uime sin eisempleir an duine leisg, oir tha a làithean a' siubhal seach mar fhallais, agus cha'n fhàg e bheag 'na dhéigh a bhios airidh air cuimhne. Thig bochdainn 'na dhàil mar iom-ghaoith an fhàs-aich, agus théid e sios do'n uaigh le näire agus masladh: cha dean a luchd-eòlaís tuireadh air a shon, agus cha chuimhnichear 'ainm ann an tir nam beò. 'Si so crioch mhuladach an leisgein.

MU BHREITHEANAS.

Anns na Scriptuiribh naomha tha e air fhoillseachadh dhuinn gu'n do shuidhich Dia là san toir e breth air an t-saoghal; agus gu bheil an t-àm a' dlùthachadh sam feum sinn cunntas a thoirt mu'r timchioll féin, agus sam faigh sinn a' bhinn sin a shonraicheas a mach ar crannchur gu siorruidh. Ann an là a' bhreitheanais feumaidh an cinne-daoine gu h-iomlain freagradh do Dhia air son an gniomhara sa' bheatha so, agus a bhi air an saoradh no air an dìteadh leis tre linnibh na siorruidheachd. Tha focal an Tighearn a' nochdadh dhuinn air dòigh so-thuigsinn gu'm feum sinn uile bhi air ar taisbeanadh an làthair caithir-bhreitheanais Dé; agus tha na nithe leis an téid breth a thoirt oirnn a' gabhail a steach gach focal a labhair, agus gach gniomh a choimhlion sinn sa' choluinn. Tha iad a' gabhail a steach rùn uaignidheach agus smuainte diomhair a' chridhe, ged nach do chòmhdaicheadh iad riamh ann am briathraighe, agus ged nach robh iad aithnichte do neach air bith ach dhuinn féin agus dhasan a rannsaicheas cridhe, agus a sgrudas airnean an duine.

Aig là mòr cumhachd Dhé théid breth a thoirt air a' chinne-daoine a réir an lagha agus an t-soisgeil. Thug Dia lagh dhuinn mar riaghait-stiùraidh san t-saoghal so, ach air dhuinn an lagh sin a bhriseadh, tha sinn

buailteach do'n pheanas tha e bagairt air na ciontaich; agus air an aobhar sin mur bith-eadh riaghait-bhreitheanais air bith eile air a sonruchadh fa'r comhair dh' fheumamaid dol am mugha gu siorruidh. Ach cliu do Dhia gu'n do shonruich e cùmhnant eile air ar son, agus gu'n do chuir e aon għin-mhic féin a dh' ionnsuidh an t-saogħail so g'a dhaing-neachadh, chum gu'n teasairgeadh e sinn o chumhachd a' bhàis agus o phiantaibh ifrinn, ma's e is gu'n creid sinn ann air son fireantachd agus slàinte. Ach ma chuireas sinn cùl ris an t-Slànuighear,—ma dhiultas sinn gabħail ris na taɪrgsibh gràsmhor a thug e dhuinn, an sin théid breth thoirt oirnn leis an lagħ a bhris sinn, agus luidhidh mallachd Dhé oirnn gu siorruidh.

Tha e air fhoillseachadh dhuinn anns na sgrioptuiribh gur e Criosd féin a bhios 'na bhreitheamh aig là mòr sin an Tighearna. Cia prìseil do na fireanaibh, eadhon do'n t-sluagh a chuir an dōchas gu h-iomlan san t-Slànuighear, fios a bhi aca gur e am fearsaoraidh a bhios 'na bhreitheamh orra;—gur e esan a bhàsaich air an son a ta gus an crann-chur a shonrachadh a mach dhoibh, agus gur e so na briathra a labhras e riu, “Thigibh, a dhaoine beannaichte m'Athar-sa, sealbhaichibh an rioghachd a ta air a deasachadh dhuibh o leagadh bunaitean an domhain.” Air an làimh eile cia eagallach an ni do na h-aingidh

gu'm bi caithir a' bhreitheanais air a lionadh leis-san a thàinig aon uair g'an tèarnadh, 'nuair a chuimhnicheas iad gu'n do chuir iad cùl ri a thairgsibh tràcaireach, agus gu'n d'rinn iad tarcuis air Spiorad nan gràs: Agus cia uamhasach am binn 'nuair a their Criod riu, "Imichibh uam, a shluagh malluichte, dh'ionnsuidh an teine shiorruidh a dh' ulluich-eadh do'n diabhul, agus d'a ainglibh."

Cha'n 'eil e air fhoillseachadh dhuinn cuin a thig là a' bhreitheanais: Ach tha fhios againn 'nuair a gheibh sinn bàs gu'm bi seula air a chur air ar crannchur gu siorruidh, agus air an aobhar sin tha là a' bhàis co-ionnan dhuinne ri là a' bhreitheanais. Agus ciod bu chòir d'a so a theagasc dhuinn? Tha e teagasc dhuinn gur e ar dleasdanas bhi an còmhnuidh ag ullachadh fa chomhair crìche ar beatha, agus bhi an còmhnuidh toirt fa'near gu'n dean ar giulan san t-saoghal so, ar cor siorruidh a shonrachadh a mach dhuinn san t-saoghal ri teachd. O gu'm bitheamaid glic! gu'n tuigeamaid so, agus gu'n gabhamaid gu càramach do'r cridhe, "Gu bheil e air orduchadh do dhaoine bàs fhaotainn aon uair, agus 'na dhéigh so breitheanas."

AN SGADAN.

Tha an sgadan o sheachd oirlich gu dà oirleach dheug air fad. Tha a dhruim gorm, —a bholg agus a dhà thaobh do dhath sgiamh-

ach, cosmhuil ri dath an airgid. Tha 'itean mòr air son a mheud,—a pheircill iochdarach ni's mò na'm peircill uachdarach, agus 'earball gobhlach agus leathan. Tha e ro-fhurasd a ghlacadh, agus gheibh e bàs ann an gradaig an uair a bheirear as an uisge e. Sa' gheamhradh agus aig toiseach an earraich tha na sgadain air chladh. Fàgaidh iad an iuchragan air grinneal no air gaineimh għlan na fairge; agus aig deireadh an earraich no aig toiseach an t-samhraidh tha na iuchragan so a' teachd gu beatha.

Tha an sgadan 'na iasg ro-thoirteach. Ann an aon do mheud meadhonach chaidh àireamh mu'n cuairt do sheachd mìle deug thar fhich-ead do iuchragan. Aig toiseach an fhogħaraidh tha tachdar mòr dhiubh, (a tha teachd as na cuantaibh tuathach, agus tha a' pill-tinn air an ais a rìs mu mheadhon a' gheamhrайдh,) r'am faicinn anns na h-uisgeachaibh tha cuairteachadh an Eilein so: tha an tachdar co lionmhor air uairibh is gu bheil e còmh-dachadh tuille is ceud mìle air fad agus tri mìle air leud. Os an ceann tha mòran do eunlaith mara ag itealaich agus a' sgreadail: aig an deireadh tha mucan-mara ag éirigh agus a' cluich san uisge; agus air an dòigh so tha iad a' toirt fios do'n iasgar c'ait am bheil an tachdar, agus c'ait an còir dha a lion a thilg-eadh a mach.

'Nuair a dh'éireas na sgadain suas gu uach-

dar an uisge ri là gréine, tha iad a' dealradh cosmhuiil ri neamhnuidibh soillseach; agus air feadh na h-oidhche tha iad cosmhuiil ri meall teine air aghaidh na fairge. Air do'n tachdar teachd gu taobh tuath Alba, tha iad an sin a' sgaradh o chéile; cuid dhiubh a' dol gu traigh na h-àirde 'n iar; cuid diubh gu traigh na h-àirde deas do Bhreatann agus do Eirin; agus cuid eile dhiubh a' dol gus na traighibh mu thuath do'n Roinn-Eorpa. Stadaidh iad sna h-àitibh sin gus an tig àm na claidhe, agus air dhoibh an iuchragan, no na sgadain òga fhàgail, tha iad a' tionndadh gu tuath do na h-ionadaibh a's doimhne do'n chuan, far am bheil iad a' fantuinn gus an orduich an Cruithfhear uile-ghlic dhoibh, tre lagh nàduir, gluasad a rìs a dh'ionnsuidh na h-àirde deas.

'Se na sgadain a ta air an glacadh anns na h-uisgeachaibh domhain is fearr araon a thaobh meud agus fàile—agus 'se so is aobhar gu bheil sgadain na àird' an iar ni'spriseile na sgadain na àird' an ear a dh' Alba. Tre thoirbheartas an Tighearna is mòr an lòn a tha an duine a' tarruing as a' mhuir. Tha tachdar mòr sgadain air an glacadh gach bliadhna, agus air an sailleadh air son a' mhargaidh. Ithear iad araon ùr agus saillte, agus cuid diubh smùidte, ris an abrar sgadain dhearg. Tha mòran a dh'aitibh iasgaich 'nar tìr, agus tha na h-iasgairean 'nam maraichibh

cruadalach tapuidh. Tha iad lionadh a' chabhalach Bhreatannaich le deadh mharaichibh, agus o so feudar a ràdh gu bheil iad 'nam balla-dionaidh do'n rioghachd. Treun ri h-àm cruaidh-chais, agus foghainteach ri h-uchd feuma, thèid iad gu h-aobhach suilbhìr an dàil gach tuiteamais a thig fa'n comhair; agus 'nuair a bhios rioghachdan eile 'gar bagradh le cogadh, seasaidh iad gu dileas agus duineil ar còir dhuinn.

Tha iad mar an ceudna a' tarruing mòr-shaoibhreas do'n àite so le bhi reiceadh nan sgadan tha iad a' glacadh ri dùthchannaibh fad air astar. Chaidh reachdan a dhealbh chum duais a thoirt doibh a réir an àireimh sgadain a ghlas agus a shailleas iad; agus a thuilleadh air sin cha'n 'eil cìs air bith aca ri thoirt seachad air son an t-salainn tha iad a' caithe sa' ghnothuch so.

Tha e tachairt gu minic gu bheil na sgadain aon bhliadhna tearc, agus bliadhna eile lion-mhor; agus cha'n 'eil iad a ghnàth a' teachd do na h-àitibh ceudna aig na h-amannaibh suidhichte. Ciod is aobhar d'a so, cha'n 'eil e an comas duinne a rannsachadh a mach. Gidheadh am bitheanta tha iad a' teachd agus a' falbh aig an àm shuidhichte, agus tha an nàdur g'an aomadh chum an iuchragain fhàgail sna h-uisgeachaibh sin san deach iad féin a chladh agus àrach.

EARRAINNEAN DO NA SCRIOPTUIRIBH.

GENESIS.

- 1 CAIB. 1.—San toiseach chruthaich Dia
- 2 na nèamhan agus an talamh. Agus bha
- an talamh gun chumadh agus faladh; agus
- bha dorchadas air aghaidh na doimhne;
- agus bha Spiorad Dé a' gluasad air aghaidh
- 3 nan uisgeachan. Agus thubhairt Dia,
- Biodh solus ann: agus bha solus ann.
- 4 Agus chunnaic Dia an solus gu 'n robh e
- maith: agus chuir Dia dealachadh eadar
- 5 an solus, agus an dorchadas. Agus dh'-
- ainmich Dia an solus Là, agus an dorch-
- adas dh'ainmich e Oidhche: agus b'iad am
- feasgar agus a' mhaduinn an ceud là.
- 6 Agus thubhairt Dia, Biodh athar am
- meadhon nan uisgeachan, agus cuireadh e
- dealachadh eadar uisgeachan agus uisg-
- 7 eacha. Agus rinn Dia an t-athar, agus chuir
- e dealachadh eadar na h-uisgeachan a bha
- fuidh 'n athar, agus na h-uisgeachan a bha
- os ceann an athair: agus bha e mar sin.
- 8 Agus dh'ainmich Dia an t-athar Nèamh.
- agus b'iad am feasgar agus a' mhaduinn

- 9 an dara là. Agus thubhairt Dia, Cruinn-ichear na h-uisgeachan a ta fuidh nèamh a dh'aon àite, agus leigear ris am fearann
 10 tioram: agus bha e mar sin. Agus dh'-ainmich Dia am fearann tioram Talamh, agus cruinneachadh nan uisgeacha dh'-ainmich e Fairgeachan: agus chunnaic Dia gu'n robh e maith.
- 11 Agus thubhairt Dia, Thugadh an talamh a mach feur, luibh a ghineas siol, craobh-mheas a bheir a mach meas a réir a gnè, aig am bheil a siol innte féin, air an
 12 talamh: agus bha e mar sin. Agus thug an talamh a mach feur, luibh a ghineas siol a réir a gnè, agus craobh a bheir a mach meas, aig am bheil a siol innte féin a réir a gnè: agus chunnaic Dia gu'n
 13 robh e maith. Agus b'iad am feasgar agus
 14 a' mhaduinn an treas là. Agus thubhairt Dia, Biodh soluis ann an speuraibh nèimh a chur dealachaidh eadar an là agus an oidhche, agus bitheadh iad air son chomharan, agus air son aimsirean, agus air son
 15 làithean, agus bhliadhna. Agus biodh iad mar sholusaibh ann an speuraibh nèimh, a thoirt soluis air an talamh: agus bha e mar sin.
- 16 Agus rinn Dia dà sholus mhìr, an solus a's mó a riaghlaigh an latha, agus an solus a's lugha a riaghlaigh na h-oidhche; agus
 17 na reultan. Agus shuidhich Dia iad ann

- an speuraibh nèimh, a thoirt soluis air an
 18 talamh; Agus a riaghlaigh san là, agus
 san oidhche, agus a chur dealachaidh eadar
 an solus agus an dorchadas: agus chunn-
 19 aic Dia gu'n robh e maith. Agus b' iad
 am feasgar agus a' mhaduinn an ceathramh
 20 là. Agus thubhairt Dia, Thugadh na h-
 uisgeachan a mach gu paitl an creutair
 gluasadach anns am bheil beatha, agus
 biodh eunlaith ag itealaich os ceann na
 21 talmhainn air aghaidh speuran nèimh. Agus
 chruthaich Dia muca-mara mòra, agus
 gach uile chreutair beò a ghluaiseas, a thug
 na h-uisgeachan a mach gu paitl a réir an
 gnè, agus gach eun iteagach a réir a ghnè;
 agus chunnaic Dia gu'n robh e maith.
 22 Agus bheannaich Dia iad, ag ràdh,
 Siolaichibh, agus fàsaibh lìonmhòr, agus
 lionaibh na h-uisgeachan anns na fairgibh,
 agus fàsadhbh an eunlaith lìonmhòr air an
 23 talamh. Agus b'iad am feasgar agus a'
 24 mhaduinn an cùigeadh là. Agus thubhairt
 Dia, Thugadh an talamh a mach an creu-
 tair beò a réir a ghnè, spréidh, agus gach
 ni a shnàigeas, agus beathaiche na talmh-
 ainn a réir an gnè: agus bha e mar sin.
 25 Agus rinn Dia beathaiche na talmhainn a
 réir an gnè, agus an spréidh a réir an gnè,
 agus gach ni a shnàigeas air an talamh a
 réir a ghnè: agus chunnaic Dia gu'n robh
 e maith.

- 26 Agus thubhairt Dia, Deanamaid duine 'nar dealbh féin, a réir as coslais féin, agus biodh uachdaranaachd aca os ceann éisg na mara, agus os ceann eunlaith nan speur, agus os ceann na spréidhe, agus os ceann na talmhainn uile, agus os ceann gach ni a shnàigeas a ta snaigeadh air an
- 27 talamh. Agus chruthaich Dia an duine 'na dhealbh féin; ann an dealbh Dhé chruthaich se e: firionnach agus boirionn-
- 28 ach chruthaich e iad. Agus bheannaich Dia iad, agus thubhairt Dia riu, Siolaich-ibh, agus fàsaibh lìonmhor, agus lionaibh an talamh, agus ceannsaichibh e; agus biodh uachdaranaachd agaibh os ceann éisg na mara, agus os ceann eunlaith nan speur, agus os ceann gach ni beò a ghluaiseas air an talamh.
- 29 Agus thubhairt Dia, Feuch, thug mi dhuibh gach luibh a ghineas siol, a ta air aghaidh na talmhainn uile, agus gach craobh anns am bheil meas craoibhe a ghineas siol; dhuibhse bithidh e mar
- 30 bhiadh. Agus do uile bheathaichibh na talmhainn, agus do uile eunlaith nan speur, agus do gach ni a shnàigeas air an talamh, anns am bheil beatha, thug mi gach luibh ghorm mar bhiadh: agus bha e mar sin.
- 31 Agus chunnaic Dia gach ni a riùn e, agus, feuch, bha e ro mhaith. Agus b' iad am feasgar agus a' mhaduinn an seathadh là.

GENESIS.

- 1 CAIB. II.—Agus chrìochnaicheadh na
nèamhan agus an talamh, agus an sluagh
2 uile. Agus chrìochnaich Dia air an t-
seachdamh là 'obair a rinn e; agus ghabh
e fois air an t-seachdamh là o 'obair uile
3 a rinn e. Agus bheannaich Dia an seachd-
amh là, agus naomhaich se e: do bhrìgh
gur ann air a ghabh e fois o 'obair uile, a
16 chruthaich Dia agus a rinn e. Agus dh'
àithn an Tighearna Dia do'n duine, ag
ràdh, Do gach uile chraoibh sa' ghàradh
17 feudaidh tu itheadh gu saor: Ach do
chraoibh an eòlais a' mhaith agus an uilc,
cha'n ith thu dhi sin: oir anns an là a dh'
itheas tu dhith, gu cinnteach bàsaichidh tu.
18 Agus thubhaint an Tighearna Dia, Cha
'n'eil e maith gu'm biodh an duine 'na
aonar: Ni mi dha còmhnhadh d'a réir féin.
19 Agus dhealbh an Tighearna Dia as an
talamh uile bheathaiche na macharach,
agus uile eunlaith nan speur, agus thug e
iad a chum Adhaimh, a dh'fhaicinn cionn-
us a dh'ainmicheadh e iad; agus ge b'e
ainm a thug Adhamh air gach creutair
20 beò, b'e sin a b'ainm dha. Agus thug Adh-
amh ainmean do'n spréidh uile, agus do
eunlaith nan speur, agus do uile bheath-
aichibh na macharach: ach do Adhamh
cha d'fhuaradh còmhnhadh d'a réir féin.

- 21 Agus thug an Tighearna Dia air codal
trom tuiteam air Adhamh, agus choidil e :
agus ghabh e h-aon d'a aisnibh, agus dhùin
22 e an fheoil suas 'na h-àit. Agus thog an
Tighearna Dia an aisne a thug e o'n duine
suas 'na mnaoi, agus thug e i chum an
duine.
- 23 Agus thubhairt Adhamh, So a nis
cnàimh do m' chnàmhaibh, agus feoil do
m' fheoil-sa : goirear bean dith, do bhrìgh
24 gur ann as an duine a thugadh i. Air an
aobhar sin fàgaidh fear 'athair agus a mhàth-
air, agus dlùth-leanaidh se r'a mhnaoi ;
25 agus bithidh iad 'nan aon fheoil. Agus
bha iad le chéile lomnochd, an duine agus
a bhean ; agus cha robh làire orra.

GENESIS.

- 1 CAIB. III.—A nis bha an nathair ni bu
sheòlta na h-aon do bheathaichibh na mach-
arach a rinn an Tighearna Dia ; agus
thubhairt i ris a' mhnaoi, Seadh, an dubh-
airt Dia, Cha'n ith sibh do gach craoibh
2 sa' ghàradh ? Agus thubhairt a' bhean ris
an nathair, Do mheas craobhan a' ghàr-
3 aidh feudaidh sinn itheadh : Ach do mheas
na craoibhe a ta ann am meadhon a' ghàr-
aidh, thubhairt Dia, Cha'n ith sibh dheth,
agus cha bhean sibh ris, a chum nach faigh
4 sibh bàs. Agus thubhairt an nathair ris a'
mhnaoi, Gu cinnteach cha'n fhaigh sibh bàs :

5 Oir a ta fios aig Dia, san là a dh'itheas sibh
 dheth, gu'm fosglar bhur sùilean agus gu'm
 bi sibh mar dhée, fiosrach air maith agus
 6 air olc. Agus chunnaic a' bhean gu'n robh
 a' chraobh maith a chum bìdh, agus gu'n
 robh i taitneach do'n t-sùil, agus na craoibh
 r'a miannachadh a dheanamh neach glic;
 agus ghabh i d'a meas agus dh'ith i, agus
 thug i mar an ceudna d'a fear maille rithe,
 agus dh'ith e.

7 Agus dh'fhosgladh an sùilean le chéile,
 agus dh'aithnich iad gu'n robh iad lom-
 nochd; agus dh' fhuaigh iad duilleach
 croinn fhìge r'a chéile, agus rinn iad dhoibh

8 féin aprain. Agus chual' iad guth an
 Tighearna Dé ag imeachd sa' ghàradh am
 fionn-fhuairreachd an là: agus dh'fholaidh
 Adhamh agus a bhean iad féin o ghnùis an
 Tighearna Dé am measg chraobhan a'

9 ghàraidh. Agus dh'éigh an Tighearna Dia
 air Adhamh, agus thubhairt e ris, C'ait am

10 bheil thu? Agus thubhairt e, Chuala mi
 do ghuth sa' ghàradh, agus bha eagal orm
 a chionn gu'n robh mi lomnochd, agus

11 dh'fholaidh mi mi féin. Agus thubhairt
 e, Cò dh'innis dhuit gu'n robh thu lom-
 nochd? An d'ith thu do'n chraobh, a
 dh'aithn mise dhuit gun itheadh dhith?

12 Agus thubhairt an duine, A' bhean a thug
 thu gu bhi maille rium, thug ise dhomh
 do'n chraobh, agus dh'ith mi.

- 13 Agus thubhairt an Tighearna Dia ris a' mhnaoi, Ciod e so a rinn thu? agus thubhairt a' bhean, Mheall an nathair mi, agus
 14 dh'ith mi. Agus thubhairt an Tighearna Dia ris an nathair, A chionn gu'n d'rinn thu so, tha thu malluichte thar gach ainmhidh, agus thar uile bheathaiche na macharach: air do bhroinn imichidh tu, agus duslach ithidh tu uile làithean do
 15 bheatha. Agus cuiridh mi naimhdeas eadar thusa agus a' bhean, agus eadar do shiol-sa agus a siol-sa: bruthaidh easan do cheann, agus bruthaidh tusa a shàil-san.
- 16 Ris a' mhnaoi thubhairt e, Meudaichidh mi gu mòr do dhoilgheas agus do thoirrcheas; am péin beiridh tu clann, agus ri d' fhear bithidh do thogradh, agus bithidh
 17 uachdaranaichd aige ort. Agus ri h-Adhamh thubhairt e, Do bhrìgh gu'n d' eisd thu ri guth do mhnà, agus gu'n d'ith thu do'n chraoibh a dh'àithn mise dhuit, ag ràdh, Cha'n ith thu dhith, tha'n talamh malluichte air do shon; ann an doilgheas ithidh tu dheth uile làithean do bheatha.
- 18 Agus droighionn agus cluarain bheir e mach dhuit, agus ithidh tu luibh na mach-
 19 arach. Am fallus do ghnùise ithidh tu aran, gus am pill thu dh' ionnsuidh na talmhainn; oir aisde thugadh thu; oir is duslach thu, agus gu duslach pillidh tu.

20 Agus thug Adhamh Eubha mar ainm
 air a mhnaoi, do bhrìgh gu'm b' i màthair
 21 nan uile bheò. Agus rinn an Tighearna
 Dia do Adhamh agus d'a mhnaoi, còtaich-
 22 ean croicinn, agus chòmhdaich e iad. Agus
 thubhairt an Tighearna Dia, Feuch, a ta'n
 duine air fàs mar aon dhinn féin, fiosrach
 air maith agus olc. Agus a nis air eagal
 gu'n sìneadh e mach a làmh, agus gu'n
 gabhadh e mar an ceudna do chraoibh na
 beatha, agus gu'n itheadh e, agus gu'm
 23 biodh e beò gu siorruidh: Air an aobhar
 sin chuir an Tighearna Dia a mach e á
 gàradh Edein, a shaoithreachadh na talmh-
 24 ainn, as an d'thugadh e. Agus dh'fhògair
 e mach an duine; agus shuidhich e san
 taobh an ear do ghàradh Edein Cheruban,
 agus claidheamh lasarach, a bha tionndadh
 air gach làimh, a ghleidheadh slighe
 craoibhe na beatha.

GENESIS.

1 CAIB. VI.—Agus 'nuair a thòisich daoine
 ri fàs liomhlor air aghaidh na talmhainn,
 2 agus a rugadh nigheana dhoibh, Agus a
 chunnaic mic Dhé nigheana dhaoine, gu'n
 robh iad sgiamhach, ghabh iad dhoibh féin
 3 mnài do gach uile a rèoghnaich iad. Agus
 thubhairt an Tighearna, Cha bhi mo
 Spiorad a' strì ris an duine a ghnàth, do

bhrìgh gur feoil a mhàin e : gidheadh bithidh a làithean ceud agus fichead bliadhna.

- 4 Bha famhairean air an talamh sna làithibh sin ; agus mar an ceudna 'na dhéigh sin, 'nuair a thàinig mic Dhé a steach a chum nigheana dhaoine, agus a rug iad clann dhoibh, dh'fhàs iad sin 'nan daoinibh treuna, a bha o shean 'nan daoinibh ainm-
- 5 eil. Agus chunnaic an Tighearna gu'm bu mhòr aingidheachd an duine air an talamh, agus gu'n robh uile bhreithneachadh smuaintean a chridhe a mhàin olc gach
- 6 aon là. Agus b'aithreach leis an Tighearna gu'n d' rinn e an duine air an talamh, agus
- 7 thog e doilgheas da 'na chridhe. Agus thubhairt an Tighearna, Sgriosaidh mi an duine, a chruthaich mi, bhàrr aghaidh na talmhainn, araon duine agus ainmhidh, agus an creutair a shnàigeas, agus eunlaith nan speur ; oir is aithreach leam gu'n d' rinn mi
- 8 iad. Ach fhuair Noah deadh-ghean ann an sùilibh an Tighearna.
- 9 Is iad so ginealaich Noah : Bha Noah 'na dhuine cothromach, agus iomlan 'na linn ;
- 10 agus għluais Noah maille ri Dia. Agus għin Noah triuir mhac, Sem, Ham, agus
- 11 Iaphet. Agus bha 'n talamh truaillidh am fianuis Dé, agus llionadh an talamh le
- 12 fòirneart. Agus dh'amharc Dia air an talamh, agus, feuch, bha e truaillidh ; oir thruaill gach uile fheoil a slighe air an tal-

- 13 amh. Agus thubhairt Dia ri Noah, Thàinig crioch gach uile fheòla a'm' fhianuis; oir tha'n talamh air a lionadh le fòirneart d'an trìd-san; agus, feuch, sgriosaidh mise iad maille ris an talamh.
- 14 Dean dhuit féin àirc do fhiodh ghopher; seòmraichean ni thu san àirc, agus còmhdaichidh tu i a stigh agus a muigh le pic.
- 15 Agus so a' chumachd air an dean thu i: Tri cheud làmh-choille fad na h-àirce, leth-cheud làmh-choille a leud, agus deich 'ar
- 16 fhichead làmh-choille a h-àirde. Uinneag ni thu do'n àirc, agus an làmh-choille crìochnaichidh tu i 'na mullach; agus dorus na h-àirce cuiridh tu 'na taobh: le lobhtreibh iochdarach, meadhonach agus uachd-
- 17 arach ni thu i. Agus, feuch, bheir mise, eadhon mise, dile uisgeachan air an talamh, a sgrios gach uile fheòla, anns am bheil anail na beatha fuidh nèamh: agus gheibh
- 18 gach ni a ta air an talamh bàs. Ach daingnichidh mi mo choimhcheangal riutsa: agus théid thu a steach do'n àirc, thu féin, agus do mhic, agus do bhean, agus mnài do mhac maille riut.
- 19 Agus do gach uile ni beò do'n uile fheoil, dithis do gach seòrsa bheir thu steach do'n àirc, gu'n gleidheadh beò maille riut; firionn
- 20 agus boirionn bithidh iad. Do'n eunlaith a réir an gnè, agus do gach ni a shnàigeas air an talamh a réir a ghnè: théid dithis

do gach seòrsa steach a t'ionnsuidh, gu'n
 21 gleidheadh beò. Agus gabh thusa dhuit
 do gach uile bhiadh a dh'ithear, agus
 cruinnichidh tu a t' ionnsuidh e; agus bith-
 idh e dhuitse agus dhoibhsan air son beath-
 achaidh. Mar so rinn Noah; a réir gach
 ni a dh'aithn Dia dha, mar sin rinn e.

GENESIS.

1 CAIB. VII.—Agus thubhairt an Tighearna ri Noah, Rach thusa, agus do thigh uile, a steach do'n àirc; oir thusa chunn-aic mi cothromach a'm' fhianuis sa' ghin-ealach so. Do gach uile ainmhidh glan gabhaidh tu dhuit 'nan seachdaibh, am firionn agus a bhoirionn; agus do ainmhidh-ibh nach 'eil glan 'nan dithisibh, am firionn
 2 agus a bhoirionn: Mar an ceudna do eun-laith nan speur 'nan seachdaibh, firionn agus boirionn, a ghleidheadh sìl beò air
 3 aghaidh na talmhainn uile: Oir fathast seachd làithean, agus bheir mise air uisge teachd air an talamh dà fhichead là agus dà fhichead oidhche; agus sgriosaidh mi gach dùil bheò a rinn mi, bhàrr aghaidh na talmhainn.
 4

5 Agus rinn Noah a réir gach ni a dh'aithn
 6 an Tighearna dha. Agus bha Noah sè ceud bliadhna dh'aois, 'nuair a bha an dìle
 7 uisgeachan air an talamh. Agus chaighd Noah steach, agus a mhic, agus a bhcan

- agus mnài a mhac maille ris, do'n àirc, air
 8 son uisgeacha na dìle. Do ainmhidhibh
 glan, agus do ainmhidhibh nach 'eil glan,
 agus do eunlaith, agus do gach ni a shnàig-
 9 eas air an talamh, Chaidh dithis agus
 dithis a steach a dh'ionnsuidh Noah do'n
 àirc, firionn agus boirionn, a réir mar a
 10 dh'àithn Dia do Noah. Agus an déigh
 sheachd làithean bha uisgeacha na dìle
 11 air an talamh. Anns an t-seathadh ceud
 bliadhna dh'aois Noah, san dara mìos, san
 t-seachdamh latha deug do'n mhìos, san
 là sin féin bhriseadh suas uile thobraiche
 na doimhne móire, agus bha tuil-dhorsa
 12 nan nèamh air am fosgladh. Agus bha'n
 t-uisge air an talamh dà fhichead là agus
 dà fhichead oidhche.
- 13 Sa' cheart là sin féin chaidh Noah, agus
 Sem, agus Ham, agus Iaphet, mic Noah,
 agus bean Noah, agus triuir bhan a mhac
 14 maille riu, a steach do'n àirc; Iad féin,
 agus gach uile bheathach a réir an gnè,
 agus gach creutair a shnàigeas a ta snàig-
 eadh air an talamh a réir a ghnè, agus an
 eunlaith uile a réir an gnè, gach eun do
 gach seòrsa.
- 5 Agus chaidh iad a steach a chum Noah
 do'n àirc, a lion dithis agus dithis, do gach
 uile fheoil, anns am bheil anail na beatha.
 6 Agus iadsan a chaidh a steach, firionn
 agus boirionn chaidh iad a steach do gach

uile fheoil, mar a dh'áithn Dia dha : agus
 17 dhruid an Tighearna stigh e. Agus bha
 an dìle dà fhichead là air an talamh, agus
 mheudaicheadh na h-uisgeachan, agus
 ghiùlain iad an àirc, agus thogadh suas i
 18 os ceann na talmhainn. Agus buadhaich
 na h-uisgeachan, agus mheudaicheadh iad
 gu h-anabarrach air aghaidh nan uisg-
 19 eachan. Agus buadhaich na h-uisgeacha
 gu ro-anabarrach air an talamh ; agus
 chòmhdaicheadh na beanntan àrda uile, a
 20 bha fuidh na nèamhaibh gu léir. Cùig
 làmh-choille deug air àirde buadhaich na
 h-uisgeachan ; agus chòmhdaicheadh na
 beanntan.

21 Agus dh'eug gach uile fheoil a bha
 gluasad air an talamh, araon do eunlaith,
 agus do spréidh, agus do bheathaichibh,
 agus do gach ni a shnàigeas a ta snàigeadh
 22 air an talamh, agus gach uile dhuine. Gach
 ni aig an robh anail na beatha ann an cuin-
 einibh a shròine, do na h-uile a bha air an
 23 talamh thioram, dh'eug iad. Agus sgrios-
 adh gach uile dhùil a bha air aghaidh na
 talmhainn, araon duine agus ainmhidh,
 agus an creutair a shnàigeas, agus eunlaith
 nan speur ; agus sgriosadh iad bhàrr na
 talmhainn, agus dh'fhàgadh a mhàin Noah,
 24 agus na bha maille ris san àirc. Agus
 buadhaich na h-uisgeachan os ceann na
 talmhainn ccud agus leth-cheud là.

GENESIS.

- 1 CAIB. VIII.—Agus chuimhnich Dia air Noah, agus gach ni beò, agus gach uile spréidh a bha maille ris san àirc, agus thug Dia air gaoith dol thairis air an talamh,
- 2 agus thraogh na h-uisgeachan. Agus dhruideadh suas tobraighe na doimhne, agus tuil-dhorsa nan nèamh; agus choisg-
- 3 eadh an t-uisge o na nèamhaibh. Agus phill na h-uisgeachan a ghnàth bhàrr na talmhainn; agus thraogh na h-uisgeachan
- 4 an déigh ceud agus leth-cheud là. Agus stad an àirc anns an t-seachdamh mìos, air an t-seachdamh là deug do'n mhìos, air
- 5 beanntaibh Ararit. Agus thraogh na h-uisgeachan a ghnàth gus an deicheadh mìos: Ann an deicheadh mìos, air a' cheud là do'n mhìos, chunncas mullaich nam beann.
- 6 Agus an ceann dà fhichead là, dh'fhosgail
- 7 Noah uinneag na h-àirce a rinn e. Agus chuir e mach fitheach, a chaidh a mach a' dol air 'ais agus air 'aghaidh, gus an do thiormaicheadh na h-uisgeacha bhàrr na
- 8 talmhainn. Mar an ceudna chuir e mach columnan uaithe, a dh'fhaicinn an do thraogh na h-uisgeacha bhàrr aghaidh na
- 9 talmhainn. Ach cha d'fhuair an columnan fois do bhonn a choise, agus phill e d'a ionnsuidh do'n àirc, do bhrìgh gu'n robh

- na h-uisgeachan air aghaidh na talmhainn uile. An sin chuir e mach a làmh, agus rug e air, agus thug e stigh e d'a ionnsuidh
 10 do'n àirc. Agus dh'fhan e fathast seachd làithean eile, agus a rìs chuir e mach an columnan o'n àirc.
 11 Agus thàinig an columnan d'a ionnsuidh san fheasgar, agus, feuch, duilleag craoibh-oladh, a spionadh leis, aige 'na ghob: agus dh'aithnich Noah gu'n do thraogh na
 12 h-uisgeacha bhàrr na talmhainn. Agus dh'fhan e fathast seachd làithean eile, agus chuir e mach an columnan; agus cha do
 13 phill e rìs d'a ionnsuidh ni's mò. Agus anns an t-seathadh ceud bliadhna agus a h-aon, anns a' cheud mhìos, anns a' cheud là do'n mhìos, thiormaicheadh na h-uisgeacha suas bhàrr an talmhainn: agus bhuin Noah air falbh còmhdachadh na h-àirce,
 agus dh'amhairc e, agus, feuch, bha agh-
 14 aidh na talmhainn tioram. Agus san dara mìos, san t-seachdamh là 'ar fhichead do'n mhìos, bha an talamh air tiormachadh.
 15 Agus labhair Dia ri Noah, ag ràdh, Rach
 16 a mach as an àirc, thu féin, agus do bhean, agus do mhic, agus mnài do mhac maille
 17 riut. Thoir a mach leat gach ni beò a ta maille riut, do gach uile fheoil, do eun-laith, agus do spréidh, agus do gach uile ni a shnàigeas a ta snàigeadh air an talamh,

- chum as gu'n siolaich iad air an talamh,
 agus gu'm bi iad torrach, agus gu'm fàs
 18 iad lionmhòr air an talamh. Agus chaidh
 Noah a mach, agus a mhic, agus a bhean,
 19 agus mnài a mhac maille ris: Chaidh gach
 uile bheathach, gach ni a shnàigeas, agus
 gach eun, gach ni a għluaiseas air an ta-
 lamh, a réir an cineil, a mach as an àirc.
- 20 Agus thog Noah altair do'n Tighearn,
 agus ghabh e do gach ainmhidh glan, agus
 do gach eun glan, agus thug e suas tabh-
 21 artais-loisgte air an altair. Agus dh'fhair-
 ich an Tighearna faile cùbhraíd; agus
 thubhairt an Tighearna 'na chridhe, Cha
 mhallaich mi rìs an talamh nì's mò air son
 an duine; oir a ta smuainte cridhe an
 duine olc o 'òige; ni mò a sgriosas mi
 22 tuille gach nì beò, mar a rinn mi. Am
 feadh a mhaireas an talamh, cha sguir àm
 an t-sìl-chur agus foghar, agus fuachd agus
 teas, agus samhradh agus geamhradh, agus
 là agus oidhche.

GENESIS.

- 1 CAIB. XII.—Agus thubhairt an Tighearna ri h-Abram, Rach a mach á do dhùthaich, agus o d' dhìslibh, agus á tigh t'athar, do'n tir a nochdas mise dhuit.
- 2 Agus ni mi thu a'd' chinneach mòr, agus beannáichidh mi thu, agus ni mi t'ainm mòr: agus bithidh tu a'd' bheannachadh.

3 Agus beannaichidh mi iadsan a bheannaich-eas thu, agus iadsan a mhallaicheas thu mallaichidh mi ; agus annadsa beannaich-
 4 ear uile theaghlaiche na talmhainn. Agus dh'imir Abram, mar a labhair an Tigh-earna ris, agus chaidh Lot maille ris : agus bha Abram cùig bliadhna deug is tri fichead a dh'aois 'nuair a chaidh e mach á
 5 Haran. Agus ghabh Abram Sarai a bhean, agus Lot mac a bhràthar, agus am maoin uile a chruinnich iad, agus na h-anaman a fhuair iad ann an Haran, agus chaidh iad a mach gu dol do thèr Chanaain ; agus thàinig iad do thèr Chanaain.

GENESIS.

1 CAIB. XXII.—Agus an déigh nan nithe sin dhearbh Dia Abraham, agus thubhaint e ris, Abrahaim, Agus thubhaint e, Feuch,
 2 tha mi 'n so. Agus thubhaint esan, Gabh a nis do mhac, t'aon mhac Isaac, a's ion-mhuinn leat, agus rach do thèr Mhoriyah, agus thoir suas an sin e mar thabhartais-loisgte air aon do na beanntaibh a dh'innse
 3 eas mise dhuit. Agus dh'éirich Abraham gu moch sa' mhaduinn, agus dh'uighimich e 'asal, agus ghabh e dithis d'a òganaich maille ris, agus a mhac Isaac ; agus sgoilt e fiadh air son an tabhartais-loisgte, agus dh'éirich e suas, agus chaidh e do 'n àit a dh'innis Dia dha.

- 4 A nis air an treas là thog Abraham suas
a shùilean, agus chunnaic e an t-àite fada
5 uaith. Agus thubhairt Abraham r'a ògan-
aich, Fanaibh-sa an so maille ris an asal,
agus théid mise agus an gille gu ruige sud,
agus ni sinn aoradh, agus thig sinn a rìs
6 d'ur n-ionnsuidh. Agus ghabh Abraham
fiodh an tabhartais-loisgte, agus chuir se
e air muin a mhic Isaac; agus ghabh e
'na làimh an teine, agus an sgian: agus
7 dh'imich iad le chéile cuideachd. Agus
labhair Isaac r'a athair Abraham, agus
thubhairt e, Athair: agus thubhairt esan,
Feuch, tha mi 'n so, a mhic. Agus thub-
hairt e, Feuch an teine agus am fiodh; ach
c'ait am bheil an t-uan air son tabhartais-
8 Loisgte? Agus thubhairt Abraham, Gheibh
Dia, a mhic, uan dha féin air son tabhar-
tais-loisgte: Mar sin dh'imich iad cuideachd
le chéile.
- 9 Agus thàinig iad do'n àit a dh'innis Dia
dha, agus thog Abraham altair an sin,
agus chuir e 'm fiodh an ordugh; agus
cheangail e a mhac Isaac, agus chuir e air
10 an altair e air uachdar an fhiodha. Agus
shìn Abraham a mach a làmh, agus ghabh
11 e an sgian a mharbhadh a mhic. Agus
ghlaodh aingeal an Tighearna ris o nèamh,
agus thubhairt e, Abrahaim, Abrahaim,
Agus thubhairt esan, Feuch, tha mi 'n so.
12 Agus thubhairt e, Na leag do làmh air a'

- ghille, agus na dean ni sam bith air: oir
 a nis tha mi fiosrach gu bheil eagal Dé ort,
 do bhrigh nach do chum thu do mhac,
 13 eadhon t'aon mhac uamsa. Agus thog Ab-
 raham suas a shùilean, agus dh'amhairc e,
 agus, feuch, reithe air a chùlaobh an sàs
 ann am preas air 'adhaircean; agus chaidh
 Abraham, agus ghabh e an reithe, agus
 thug e suas e mar thabhartas-loisgte an àit
 a mhic.
- 14 Agus thug Abraham Iehobhah-Iireh
 mar ainm air an àite sin: mar a theirear
 gus an là'n diugh, Ann an liabh an Tigh-
 15 earna chithear e. Agus ghlaodh aingeal
 an Tighearna ri h-Abraham an dara uair
 16 o nèamh, Agus thubhaint e, Orm fein
 mhionnaich mi, ars' an Tighearn, a chionn
 gu'n d'rinn thu an ni so, agus nach do
 chum thu uam do mhac, eadhon t'aon
 17 mhac; Gu'm beannaich mi thu gu mòr,
 agus gu'n dean mi do shliochd ro-lionmhor
 eadhon mar reulta nèimh, agus mar a'
 ghaineamh a ta air tràigh na fairge: agus
 sealbhaichidh do shliochd geatadh an
 18 naimhdean; Agus beannaichear ann ad
 shliochd-sa uile chinnich na talmhainn, a
 19 chionn gu'n d' éissd thu ri m' ghuth. Mar
 sin phill Abraham a dh'ionnsuidh 'ògan-
 acha; agus dh'éirich iad suas, agus chaidh
 iad cuideachd gu Beer-seba; agus ghabh
 Abraham còmhnuidh aig Beer-seba.

GENESIS.

- 10 CAIB. XXVIII.—Agus chaidh Iacob a mach o Bheer-seba, agus chaidh e gu 11 Haran. Agus thachair e air àite àraidi, agus dh'fhan e an sin an oidhche sin, à chionn gu'n robh a' ghrian air luidhe; agus ghabh e h-aon do chlachaibh an àite sin, agus chuir e fuidh a cheann i, agus luidh e 12 sios san àite sin a chodal. Agus bhruad-air e; agus feuch, fàradh air a chur suas air an talamh, agus a bhàrr a' ruigheachd gu nèamh: agus feuch, aingil Dé a' dol 13 suas agus a' teachd a nuas air. Agus feuch, sheas an Tighearna os a cheann, agus thubhairt e, Is mise an Tighearna Dia Abrahaim t'athar, agus Dia Isaic: am fearann air am bheil thu a'd' luidhe, bheir mise dhuit e, agus do d' shliochd. 14 Agus bithidh do shliochd mar dhuslach na talmhainn; agus sgaoilidh tu mach a dh'ionnsuidh na h-àird' an iar agus na h-àirde deas: agus beannaichear annadsan uile theaghlaiche na talmhainn, agus ann 15 ad shliochd-sa. Agus feuch, tha mise maille riut, agus gleidhidh mi thu anns gach àit an téid thu, agus bheir mi rìs thu dh'ionnsuidh na tire so; oir cha tréig mi thu, gus an dean mi an ni sin, a labhair mi riut. 16 Agus dhùisg Iacob as a chodal, agus thubhairt e, Gu cinnteach tha 'n Tigh-

earna san àite so, agus cha robh fios agam
 17 air. Agus bha eagal air, agus thubhairt e, Cia h-uamhasach an t-ionad so !
 cha 'n àit air bith so ach tigh Dhé, agus
 18 'se so geata nèimh. Agus dh'ëirich Iacob
 gu moch sa' mhaduinn, agus ghabh e
 chlach a chuir e fuidh a cheann, agus chuir
 e suas 'na carragh i, agus dhoirt e oladh
 19 air a mulach. Agus thug e Betel mar
 ainm air an àite sin : ach b' e Luds ainm
 20 a' bhaile sin air tùs. Agus bhòidich Iacob
 bòid ag ràdh, Ma bhios Dia leam, agus
 ma ghleidheas e mi air an t-slighe sin air
 am bheil mi 'g imeachd, agus ma bheir
 e dhomh aran r'a itheadh, agus eudach r'a
 21 chur umam ; Agus gu'n tig mi rìs an
 sìth a dh'ionnsuidh tighe m'athar : an sin
 22 bithidh an Tighearn agam 'na Dha. Agus
 bithidh a' chlach so, a chuir mi suas 'na
 carragh, 'na tigh aig Dia : agus do gach
 ni a bheir thu dhomh, bheir 'mi gu cinn-
 teach an deachamh dhuit.


I SAMUEL.

38 CAIB. xvii.—Agus chuir Saul 'éididh
 féin air Daibhidh, agus chuir e clogaid
 umha air a cheann ; mar an ceudna chuir e
 39 lùireach air. Agus chrioslaich Daibhidh a
 chlaidheamh air uachdar 'éididh, agus b'àill
 leis imeachd, oir cha do chleachd e iad :
 agus thubhairt Daibhidh ri Saul, Cha'n

urrainn miimeachd leo so, oir cha do
 chleachd mi iad. Agus chuir Daibhidh
 40 dheth iad. Agus ghabh e a bhata 'na
 làimh, agus thagh e dha féin cùig clacha
 mìne o'n t-sruth, agus chuir e iad ann am
 màla buachaille a bha aige, eadhon ann an
 sporan, agus bha a chrann-tàbhull 'na
 làimh: agus tharruing e am fagus do'n
 41 Philisteach. Agus thàinig am Philisteach
 air aghaidh, agus tharruing e 'm fagus do
 Dhaibhidh; agus fear iomchair a sgéithe
 roimhe.

42 Agus an uair a dh'amhairc am Philis-
 teach agus a chunnaic e Daibhidh, rinn
 e dimeas air, a chionn gu'n robh e 'na
 òganach, agus ruiteach, agus sgiamhach
 43 'na ghnùis. Agus thubhaint am Philisteach
 ri Daibhidh. An cù mise, gu'n tigeadh
 tu a m' ionnsuidh le bataibh? agus mhallaich
 am Philisteach Daibhidh ann an ainm
 44 a dhée. Agus thubhaint am Philisteach ri
 Daibhidh, Thig a m' ionnsuidh-sa, agus
 bheir mi t'fheoil do eunlaith an athair,
 45 agus do bheathaichibh na macharach. An
 sin thubhaint Daibhidh ris an Philisteach,
 Tha thusa a' teachd a m' ionnsuidh-sa le
 claidheamh, agus le sleagh, agus le sgéith;
 ach tha mise a' teachd a d' ionnsuidh-sa ann
 an ainm Thighearna nan sluagh, Dhé
 armailtean Israel, d'an d'thug thusa
 46 dùbhlán. Air an là 'n diugh bheir an

- Tighearna thairis thu do m' làimh-sa, agus buailidh mi thu, agus buinidh mi dhiot do cheann, agus bheir mi closaichean fheachd nam Philisteach air an là 'n diugh do eun-laith an athair, agus do fhiadh-bheath-aichibh na talmhainn; a chum gu'm bi fios aig an talamh uile gu bheil Dia ann an
- 47 Israel. Agus bithidh fios aig a' choimh-thional so uile, nach ann le claidheamh no le sleagh a shaoras an Tighearna; oir is leis an Tighearn an cath, agus bheir e sibhse d'ar làimh-ne.
- 48 Agus an uair a dh'éirich am Philisteach, agus a thàinig e agus a tharruing e 'm fagus an coinneamh Dhaibhidh, an sin rinn Daibhidh cabhag, agus ruith e dh'ionnsuidh na
- 49 h-armait an coinneamh an Philistich. Agus chuir Daibhidh a làmh 'na mhàla, agus ghabh e as a sin clach, agus thilg e as a chrann-tàbhuill, agus bhual e 'm Philisteach an clàr 'eudain: agus chaidh a' chlach a stigh ann an clàr 'eudain, agus thuit e air agh-
- 50 aidh dh'ionnsuidh an làir. Mar sin thug Daibhidh buaidh air an Philisteach le crann-tàbhuill agus le cloich; agus bhual e 'm Philisteach, agus mharbh se e: ach cha robh claidheamh ann an làimh Dhaibhidh.
- 51 Uime sin ruith Daibhidh agus sheas e air an Philisteach, agus ghlac e a chlaidheamh, agus tharruing e as a thruaill e, agus



mharbh se e, agus ghearr e dheth a cheann leis. Agus an uair a chunnaic na Philistich gu'n robh an gaisgeach marbh, theich iad.

II RIGH.

- 1 CAIB. II.—Agus thachair an uair a bha'n Tighearna gu Eliah a thogail suas le h-iom-ghaoith do na nèamhaibh, gu'n deachaidh Eliah maille ri Eliša o Ghilgal.
- 2 Agus thubhairt Eliah ri Elisa, Fan an so, guidheam ort; oir chuir an Tighearna mise gu Betel. Agus thubhairt Elisa ris, Mar is beò an Tighearna, agus mar is beò t'anam, cha'n fhág mi thu. Agus chaidh iad sìos gu Betel. Agus thàinig mic nam fàidh a bha ann am Betel a mach gu Elisa, agus thubhairt iad ris, Am bheil fhios agad gu'n toir an Tighearn an diugh do mhaighstir air falbh o d' cheann? Agus thubhairt esan, Seadh, tha fhios agam air;
- 4 bitibhbse 'nur tosd. Agus thubhairt Eliah ri Elisa, fan an so, guidheam ort; oir chuir an Tighearna mise gu Iericho. Agus thubhairt esan, Mar is beò an Tighearna, agus mar is beò t'anam, cha dealaich mi riut.
- 5 Agus thàinig iad gu Iericho. Agus thàinig mic nam fàidh a bha ann an Iericho gu Elisa, agus thubhairt iad ris, Nach 'eil fhios agadsa gu'n toir an Tighearn an

- diugh do mhaighstir air falbh o d' cheann ?
Agus fhreagair esan, Seadh, tha fhios
6 agam air, bithibh-sa 'nur tosd. Agus
 thubhairt Eliah ris, Fan, guidheam ort,
 an so ; oir chuir an Tighearna mise gu
 Iordan. Agus thubhairt esan, Mar is beò
 an Tighearna, agus mar is beò t'anam,
 cha'n fhàg mi thu. Agus chaidh iad 'nan
7 dithis air an aghaidh. Agus chaidh leth-
 cheud fear do mhacaibh nam fàidh, agus
 sheas iad fa'n comhair fad as : agus sheas
8 iadsan 'nan dithis làimh ri Iordan. Agus
 ghabh Eliah 'fhalluing, agus dh'fhill e
 cuideachd i, agus bhual e na h-uisgeacha,
 agus roinneadh iad a null agus a nall :
 agus chaidh iadsan 'nan dithis thairis air
9 talamh tioram. Agus an uair a bha iad
 air dol thairis, thubhairt Eliah ri Elisa,
 Iarr ciod is àill leat mise a dheanamh air
 do shon, mu'n toirear mi air falbh uait.
 Agus thubhairt Elisa, Bitheadh, guidheam
 ort, cuibhrionn dhùbailte do d' spiorad
 orm.
- 10 Agus thubhairt esan, Is cruaidh an**
 ni a dh'iarr thu : gidheadh ma chi thu
 mise 'nuair a bheirear air falbh uait mi,
 bithidh e dhuit mar sin ; ach mur faic,
- 11 cha bhi e mar sin.** Agus an uair a bha
 iad a' gabhail air an aghaidh, agus a'
 comhradh, feuch, carbaid teine, agus eich
 theine, agus dhealaich iad o chéile iad :

agus chaidh Eliah suas le h-iom-ghaoith do
 12 na nèamhaibh. Agus chunnaic Elisa sin,
 agus ghlaodh e, M'athair, m'athair, carbad
 Israel, agus a mharc-shluagh. Agus cha'n
 fhac' e ni's mò e: agus rug e air 'eudach
 13 féin, agus reub e 'na dhà mhìr e. Agus thog
 e suas falluing Eliah, a thuit uaith, agus
 14 sheas e làimh ri bruach lòrdain; Agus
 ghabh e falluing Eliah a thuit uaith, Agus
 bhuail e na h-uisgeacha, agus thubhairt e,
 C'àit a nis am bheil an Tighearna, Dia
 Eliah? Agus an uair a bhuail e na h-
 uisgeacha, roinneadh iad a null agus a
 15 nall, agus chaidh Elisa thairis. Agus an
 uair a chunnaic mic nam fàidh e, a bha
 ann an Iericho fa chomhair, thubhairt iad,
 Dh'fhan spiorad Eliah air Elisa. Agus
 thàinig iad 'na choinneamh, agus chrom
 siad iad féin dha gu lär.

ISAIAH.

1 CAIB. XI.—Agus thig geug a mach o
 bhonn Iese, agus fàsaidh faillean suas as a
 2 fhreumhaibh. Agus gabhaidh spiorad an
 Tighearna còmhnuidh air, spiorad gliocais
 agus tuigse, spiorad comhairle agus cumh-
 achd, spiorad eòlais agus eagail an Tigh-
 3 earn: Agus bithidh e geur-mhothachail,
 ann an eagal an Tighearn; agus cha'n
 ann a réir seallaidh a shùl a bheir e breth,
 no a réir clàisteachd a chluas a bheir e

4 achmhasan. Ach le ceartas bheir e breth air a' bhochd, agus bheir e achmhasan, le cothrom, as leth dhaoine ciùine na tal-mhainn ; agus buailidh e an talamh le slait a bheoil, agus le anail a bhile marbhaidh e 5 an t-aingidh. Agus bithidh ionracas 'na chrios m'a leasraibh, agus firinn 'na chrios m'a airnibh.

6 An sin gabhaidh am madadh-alluidh còmhnuidh maille ris an uan, agus luidhidh an liopard sìos maille ris a' mheann ; agus an laogh, agus an leòmhan òg, agus an spréidh reamhar le chéile ; agus ni leanabh 7 beag an stiùradh. Agus ionaltraidh a' bhò agus am math-ghamhuin le chéile ; luidhidh an alàch sìos cuideachd ; agus ithidh 8 an leòmhan connlach mar an damh. Agus cluichidh an leanabh cíche air toll na nathrach nimhe ; agus air nead na righ-nathrach cuiridh an leanabh a thàinig o'n chìch a 9 làmh. Cha dochainn agus cha sgrios iad, air feadh mo shléibh naoimh-sa gu h-ionmlan ; oir lionar an talamh le eòlas an Tigh-earna, mar a chòmhdaicheas na h-uisgeach-an aigin na fairge.

ISAIAH.

1 CAIB. LIII.—Co a chreid ar teachdair-eachd ? agus cò do'n robh gairdean an 2 Tighearn air 'fhoillseachadh ? Oir fàsaidh e suas mar fhaillean 'na làthair, agus mar

fhreumh á talamh tioram ; cha 'n'eil sgeimh no grinneas aige, gu'n amhairceamaid air ; ni mò tha maise aige, gu'n iarramaid e.

3 Tha e air a dhimeas, agus air a chur air chùl le daoinibh ; 'na dhuine dhoilghiosan, agus eòlach air bròn ; agus mar neach a dh'fholuicheas 'aghaidh uainn, tha e air a dhimeas, agus cha 'n'eil suim againn dheth.

4 Gu deimhin ar n-anmhuiinneachd ghiulain e, agus ar doilghiosan dh'iomchair e ; ach shaoil sinne gu'n robh e air a bhualadh, air a smachdachadh le Dia, agus air a

5 chlaoidheadh. Ach lotadh e air son ar peacaidh-ne, bhruthadh e air son ar n-aingidheachdan ; leagadh air-san smachdachadh ar sìth, agus le a chreuchdaibh-

6 san shlànuicheadh sinne. Chaidh sinn uile, mar chaoraich, air seacharan ; thionndaidh sinn, gach aon 'ga shlighe féin ; agus leag an Tighearn air-san aingidheachd gach aoin dinn.

7 Shàruicheadh e, agus rinneadh ainneart air, gidheadh cha d'fhosgail e a bheul ; thugadh e mar uan chum a' chasgraiddh, agus mar chaor a bhios balbh an làthair a luchd-lomairt, mar sin cha d'fhosgail e a

8 bheul. O fhoirneart agus o bhreitheanas thugadh air falbh e ; agus a ghinealach cò a chuireas an céill ? oir ghearradh as e o thìr nam beò : air son eusaontais mo shluigh-9 sa bha e air a throm-bhualadh. Agus

- dh'orduicheadh 'uaigh maille ris na h-aing-idh, agus maille ri duine saoibhir 'na bhàs ; air son nach d'rinn e eucoir, agus nach robh
10 cealg 'na bheul. Ach b'i toil an Tighearn a bhruthadh ; chuir e fo àmhghar e ; an uair a ni thu 'anam 'na ìobairt-rèitich, chi e sliochd, sinear a làithean ; agus soirbhich-idh rùn an Tighearna 'na làimh.
- 11** Do shaothair 'anama chi e, agus bithidh e toilichte. Le eòlas airson ni m'òglach fireanach mòran fhìreanachadh ;
12 oir giùlainidh e an euceartan. Air an aobhar sin, roinnidh mi dha cuibhlrionn maille ris a' mhòran, agus roinnidh e a' chreach maille ris na cumhachdaich ; a chionn gu'n do dhòirt e mach 'anam gu bàs ; agus gu'n robh e air 'àireamh am measg nan ciontach ; agus ghiùlain e peacadh mhòrain, agus rinn e eadar-ghuidhe air son nan ciontach.

ISAIAH.

- 1** CAIB. LV.—Ho ! gach neach air am bheil tart, thigibh-sa chum nan uisgeachan ; agus esan aig nach 'eil airgiod, thigibh, ceann-aichibh agus ithibh ; seadh thigibh, ceann-aichibh, gun airgiod agus gun luach, fion
2 agus bainne. C'ar son a ta sibh a' caith-eamh airgid air ni nach sàsuich ? Eisdibh le deadh aire riumsa, agus ithibh an ni a ta maith ; agus gabhadh 'ur n-anam tolinntinn

3 ann an cuilm shòghmhòr. Aomaibh 'ur
 cluas, agus thigibh do m'ionnsuidh-sa ;
 éisdibh, agus mairidh 'ur n-anam beò ; agus
 ni mi ruibh coimhcheangal sìorruidh,
 eadhon tròcairean cinnteach Dhaibhidh.
 4 Feuch, thug mi e mar fhianuis do na cinn-
 ich, 'na cheann-iùil agus 'na uachdaran do
 5 na slòigh. Feuch, gairmidh tu cinneach
 nach b'aithne thu, ruithidh iad a d' ionn-
 suidh ; air sgàth an Tighearna do Dhé,
 agus air son Ti naoimh Israeil, oir ghlòr-
 6 aich e thu. Iarraibh an Tighearn, am
 feadh a ta e r'a fhaotainn ; gairmibh air
 7 am feadh a ta e am fagus. Tréigeadh an
 t-aingidh a shlighe, agus an duine eucorach
 a smuainte ; agus pilleadh e ris an Tigh-
 earn, agus nochdaidh e tròcail dha ; agus ri
 ar Dia-ne, oir bheir e maitheanas gu pait.



